

"HAVE
YOUR
SAY"



RO-INNLEACHD CÒMHDHAIL NÀISEANTA
DREACHD CO-CHOMHAIRLEACHAIDH



transport.gov.scot/NTS2

#NTSHaveYourSay

Clàr-innse

1	Facal-toisich	3
2	Lèirsinn airson Còmhdhail ann an Alba	5
3	Dùbhlain làthaireach agus dùbhlain a tha a' tighinn am bàrr	11
4	A' cur aghaidh air na dùbhlain	47
5	A' riaghladh còmhdhail	52
6	Na nì sinn	57

Leas-phàipear

A	Prìomh Thaisbeanair	62
B	Sgrìobhainnean Taice	63

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha e na thoileachas mòr dhomh an dreachd Ro-innleachd Nàiseanta ùr airson Còmh-dhail againn fhoillseachadh, a tha a' cur air adhart lèirsinn àrd-amasach agus tarraingeach airson an t-siostaim còmh-dhail againn airson an ath 20 bliadhna, siostam a bhios a' dìon na gnàth-shìde againn agus a' toirt piseach air beatha dhaoine.



Tha an dreachd Ro-innleachd seo a' cur air adhart lèirsinn airson siostam còmh-dhail na h-Alba a tha a' cruthachadh àiteachan fìor mhath - siostam còmh-dhail seasmhach, in-ghabhalach agus ruigsinneach a bhios a' brosnachadh soirbheas, slàinte agus cothromachd airson gach saoranach. Tha e a' cur prìomhachasan air adhart gus taic a chumail ris an lèirsinn sin; a' brosnachadh co-ionannachd, a bhith gnìomhach air a' ghnàth-shìde; a' cuideachadh na h-eaconomaidh againn gus soirbheachadh; agus a' cur ri ar slàinte is sunnd. Taobh a-staigh nam prìomhachasan seo, tha fòcas nas motha air brosnachadh co-ionannachd agus a bhith gnìomhach mun ghnàth-shìde. Gu cudromach, tha an Ro-innleachd a' cruthachadh slighe air adhart airson còmh-dhail san àm ri teachd agus tha i a' cruthachadh a' cho-theacsa anns am bu chòir do cho-dhùnaidhean a bhith air an dèanamh san àm ri teachd.

Chomharraich an t-ùrachadh air Ro-innleachd Nàiseanta na Còmh-dhail ann an 2016 gun robh cùisean air a bhith ag atharrachadh nas luaithe bho chaidh an ro-innleachd thùsail fhoillseachadh ann an 2006. Gu dearbh, tha e coltach gu bheil astar - agus meud miann adhartais an Riaghaltais seo - air fàs bho chaidh an ro-innleachd ùrachadh; tron Mhìsean Bun-structar Nàiseanta againn tha sinn air aontachadh cur ris an tasgadh slàn againn air bun-structar, gus togail fad-ùine a thoirt do dh'eaconomaidh na h-Alba; mar thoradh air suidheachadh èiginneach cruinneil na gnàth-shìde, tha sinn a-nis ann an àrainneachd far a bheil an gluasad gu còmh-dhail a tha ìosal ann an càrbon riatanach dhan leas againn san àm ri teachd; tha cosg air siubhal gnìomhach air dùblachadh agus far a bheil adhartas teicneòlach a' gluasad aig ìre do-chreidsinneach. Thathar ag aithneachadh cuideachd gu bheil còmh-dhail ro-chudromach ann a bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd agus a' coileanadh thargaidean àrd-amasach Riaghaltas na h-Alba a thaobh bochdainn chloinne.

Tha Riaghaltas na h-Alba air obair dheasachaidh a dhèanamh air an Ro-innleachd seo le lionra mòr is farsaing de chom-pàirtichean: bho riaghaltas ionadail gu eòlaichean acadaimigeach; bhon treas-roinn, buidhnean ùidh is iomairt gu gnìomhachas. Tha sinn air conaltradh a dhèanamh le buidhnean agus sgìrean air feadh na dùthcha gus beachdan fhaighinn bho fharsaingeachd de luchd-cleachdaidh an t-siostam.

Tha an dòigh-obrach cho-obrachail seo - air sgèile nach fhacas riamh roimhe ann an raon na còmh-dhail - a' ciallachadh gu bheil dleastanas co-roinnte air a h-uile duine gus an Ro-innleachd a chur an gnìomh agus gus buaidh na Ro-innleachd a stiùireadh anns na bliadhnaichean a tha romhainn. Anns na mòr-bhailtean is sna bailtean againn, agus anns na sgìrean iomallach is dùthchail agus ann an eileanan, agus an dà chuid do dhaoine a bhios a' libhrigeadh bun-structar agus do chleachdaichean làitheil nan sheirbheisean, tha pàirt againn uile ann a bhith a' libhrigeadh na lèirsinn agus nan builean gu h-èifeachdach.

Tha an Ro-innleachd againn a' gabhail a-steach prìomhachasan agus builean ro-chudromach ach is urrainn dha dèiligeadh ri atharrachaidhean san t-suidheachadh cuideachd; agus tha sin gar brosnachadh uile gus uallach a ghabhail airson nan co-dhùnaidhean siubhail againn. - ach tha i gu math mothachail air na ceanglaichean eadarainn; agus tha sinn a' cumail taic ri

fàs eaconomach seasmhach na h-Alba agus tha e gar ceangal ris an t-saoghal gu seasmhach, gar cuideachadh gus coimhead ris an àm ri teachd le àrd-amasachd agus misneachd.

Tha mi a' dèanamh fiughar ri do bheachdan a chluinntinn air an dreachd den 2na Ro-innleachd Nàiseanta againn airson Còmhdhail.



Micheal MacMhathain BPA
Rùnaire a' Caibineit airson Còmhdhail, Bun-structair agus Co-cheangailteachd

Caibideil 2 - Lèirsinn airson Còmhdhail ann an Alba

An Lèirsinn againn

Gum bi siostam còmhdhail sheasmhach, in-ghabhalach agus ruigsinneach againn, a bhios a' cuideachadh gus Alba nas fallaine, nas cothromaiche agus nas soirbheachaile a chruthachadh airson nan coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail againn.



A' brosnachadh co-ionannachd

- Bheir e ruigsinneachd chothromach dhuinn air na seirbheisean air a bheil sinn feumach
- Bidh e furasta cleachdadh airson na h-uile
- Bidh air prìs a tha reusanta dhan a h-uile duine



Bidh e gnìomhach air a' ghnàth-shìde

- Bidh e a' freagarrachadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde
- Cuidichidh e sinn gus an targaid net-zero againn a choileanadh
- Brosnaichidh e roghainnean nas uaine is nas glaine



Cuidichidh e an eaconomaidh againn gus soirbheachadh

- Bheir e sinn do na h-àiteachan far am feum sinn a bhith
- Bidh e earbsach, èifeachdach agus aig àrd-ìre
- Cleachdaidh e tionnsgalachd a bheir deagh bhuidh



Cuiridh e ris an t-slàinte is sunnd againn

- Bidh e sàbhailte is tèarainte do na h-uile
- Bheir e cothrom dhuinn roghainnean siubhail fallain a dhèanamh
- Cuidichidh e na coimhearsnachdan againn gus a bhith nan deagh àiteachan airson fuireach ann

'S e an lèirsinn againn airson siostam còmhdhail na h-Alba: Gum bi siostam còmhdhail seasmhach, in-ghabhalach agus ruigsinneach againn, a bhios a' cuideachadh gus Alba nas fallaine, nas cothromaiche agus nas soirbheachaile a chruthachadh airson nan coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail againn.

Tha an Ro-innleachd seo airson na h-Alba air fad, ag aithneachadh gu bheil eadar-dhealachaidhean eadar na mòr-bhailtean, bailtean, àiteachan iomallach agus dùthchail agus eileanan. Tha i a' cur cuideam air an fhianais as ùire agus chaidh a chruthachadh ann an dòigh cho-obrachail le farsaingeachd de chom-pàirtichean. Bha e ro-chudromach gun robh eacarsaich co-chonaltraidh fharsaing ann le daoine, gnìomhachasan agus le buidhnean san treas roinn. 'S e ro-innleachd a th' ann airson an t-siostam còmhdhail air fad (airson daoine agus bathar), a' coimhead an dà chuid air carson a bhios sinn a' siubhal agus mar a nithear na tursan sin,

a' gabhail a-steach coiseachd, cuibhligeadh¹, rothaireachd, agus a' siubhal ann am bus, trèana, aiseag, càr, làraidh no plèana.

Tha dleastanas oirnn uile gus an ro-innleachd a libhrigeadh agus gus dèanamh cinnteach gun soirbhich i. Bho riaghaltasan ionadail agus nàiseanta agus com-pàirteachasan còmh-dhail ionadail a' cur an gnìomh phoileasaidhean gu gnìomhachasan agus daoine fa leth a' toirt aire do na gnìomhan agus na buaidhean aca nuair a bhios iad a' dèanamh cho-dhùnidhean siubhail.

Feumaidh sinn uile co-obrachadh thairis air crìochan gus luach a chur ris agus gus dèanamh cinnteach gum bi e soirbheachail, a' dèanamh cinnteach gum bi a h-uile duine sa chomann shòisealta againn an sàs ann an dèanamh cho-dhùnidhean agus a' toirt cumhachd do choimhearsnachdan gus pàirt ro-chudromach a chluich anns a' phròiseas libhrigidh.

Tha ceithir Prìomhachasan mar bhunait den lèirsinn againn, agus tha trì Builean co-cheangailte ri gach prìomhachas. Bidh an lèirsinn mar bhunait airson nan co-dhùnidhean ro-innleachdail mòra a ghabhas sinn agus gus measadh a dhèanamh air soirbheas nam poileasaidhean còmh-dhail againn san àm ri teachd. Tha na ceithir Prìomhachasan co-cheangailte gus an lèirsinn a libhrigeadh. Mar eisimpleir, cuidichidh leasachadh ar slàinte is sunnd tro bhith a' brosnachadh siubhal gnìomhach sinn gus ceuman a ghabhail a thaobh na gnàth-shìde. Mar an ceudna, le bhith a' cuideachadh na h-eaconamaidh againn gus soirbheachadh tro bhith a' cur ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach, bidh sinn cuideachd a' brosnachadh co-ionannachd.

Bho 2007, tha e air a bhith na amas aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a brosnachadh leasachadh eaconamach seasmhach mar a chaidh a chur an cèill anns an Ro-innleachd Còmh-dhail Nàiseanta mu dheireadh. Tha Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais air fòcas nas motha a chur air fàs in-ghabhalach, far a bheil barrachd soirbheas agus barrachd co-ionannachd a' dol còmhla. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' cruthachadh sòisealtas a tha a' toirt seachad co-ionannachd chothroman do na h-uile agus a tha a' dèanamh cinnteach gun tèid na buannachdan bho eaconamaidh nas treasa a cho-roinn gu cothromach. Tha in-ghabhaileachd agus co-ionannachd aig cridhe na Ro-innleachd ùir againn.

Tha suidheachadh èiginneach againn air feadh na cruinne a thaobh na gnàth-shìde cuideachd. Mar sin, tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh targaid reachdail àrd-amasach de sgaoilidhean net-zero ro 2045. Bidh còmh-dhail fìor chudromach gus an targaid chudromach seo a choileanadh agus tha nas urrainn do chòmh-dhail cur ri seo ri fhaicinn tron Ro-innleachd seo air fad.

A' brosnachadh co-ionannachd

Gheibh a h-uile duine ann an Alba buannachd bho shiostam còmh-dhail ùr-nodha agus ruigsinneach. Tha còmh-dhail cudromach gus an sòisealtas làn in-ghabhalach a tha sinn ag iarraidh a thoirt gu buil - tha na builean a cheart cho cudromach ris na cothroman. Fhad 's a tha sinn a' brosnachadh co-ionannachd, bidh na gnìomhan againn cuideachd a' cur an aghaidh neo-ionannachd agus a' cuideachadh gus bochdainn a lùghdachadh, gu sònraichte bochdainn chloinne. Bidh an siostam còmh-dhail againn:

- a' toirt seachad ruigsinneachd chothromach air na seirbheisean a dh'fheumas sinn: tha e mar dleastanas oirnn co-ionannachd chothroman agus bhuilean a chur air adhart, a' gabhail a-steach feartan dìonte aois, ciorraim, ath-shònrachadh gnè, pòsaidh agus com-pàirteachais chatharra, torrachais agus màthaireachd, cinnidh, creideimh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise. Ni sinn cinnteach gu bheil ruigsinneachd chothromach aig na coimhearsnachdan agus daoine a tha fon ana-chothrom as miosa

¹ Cuibhligeadh: tha seo a' ciallachadh a bhith a' siubhal ann an cathair-chuibhle.

air na seirbheisean còmh-dhail a dh'fheumas iad. Bheir an siostam còmh-dhail cothrom do dhaoine farsaingeachd de ghòireasan is seirbheisean a chleachdadh.

- Bidh e furasta ri cleachdadh airson na h-uile: tha feumalachdan agus comasan eadar-dhealaichte aig daoine. Aithnichidh an siostam còmh-dhail againn seo agus obraichidh e gus dèanamh cinnteach gun gabh an siostam a chleachdadh leis a h-uile duine ann an dòigh a tha cho furasta 's a ghabhas.
- Gum bi e aig prìs reusanta: tha diofar ìrean teachd a-steach aig daoine agus cha bhì an siostam còmh-dhail againn a' cur bacadh air daoine bho bhith a' siubhal mar thoradh air cosgaisean ro àrd. Bidh sinn ag amas air gnìomhan san Ro-innleachd gus cuideachadh a thoirt dhan fheadhainn a dh'fheumas an cuideachadh as motha.

Gnìomhach air a' ghnàth-shìde

Bidh cothrom aig daoine co-dhùnaidhean siubhail a dhèanamh a lùghdaicheas a' bhuidh againn air a' ghnàth-shìde san fhad-ùine agus air leas nan ginealaichean ri teachd. Tha suidheachadh èiginneach againn air feadh na cruinne a thaobh na gnàth-shìde. Feumaidh Alba gluasad a dh'ionnsaigh eaconamaidh le eimiseanan net-zero airson leas na h-àrainneachd, nan daoine, agus airson ar soirbheis fhèin san àm ri teachd. Nì an siostam còmh-dhail againn na leanas:

- Atharrachaidh e a rèir nam buaidhean aig atharrachadh sa ghnàth-shìde: ann an Alba tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh oirnn mar-thà agus atharraichidh sinn an siostam còmh-dhail againn gus a bhith seasmhach agus gus na buaidhean cronail air na ginealaichean ri teachd a lùghdachadh.
- Cuidichidh e gus an coilean sinn ar targaid airson a bhith net-zero; tha am Bile Atharrachadh na Gnàth-shìde, a tha an-dràsta air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba, a' toirt a-steach amas nas motha airson sgaoilidhean gas an taigh-ghlainne a lùghdachadh, le targaid sgaoilidhean net-zero ro 2045. 'S e còmh-dhail as motha a tha a' cur ri eimiseanan ann an Alba aig an àm seo. Dèiligidh sinn le seo tro ghrunn cheuman a' gabhail a-steach amas cur às dhan fheum air càraichean is bhanaichean peatrail is dìosail ùra ro 2032.
- Brosnaichidh e roghainnean nas uaine, nas glaine: thar an ath 20 bliadhna, chì Alba cruth-atharrachadh leantainneach ann an còmh-dhail gus am bi roghainnean siubhail seasmhach mar chiad roghainn aig daoine. Daingnichidh sinn an Rangachd Siubhail Seasmhach gus an siostam còmh-dhail againn adhartachadh agus a dhealbhadh gus am bi coiseachd, baidhsagal agus còmh-dhail phoblach agus cho-roinnte air am brosnachadh agus iad a' faighinn prìomhachas air thoiseach air cleachdadh càr prìobhaideach.

Cuidichidh e an eaconomaidh againn gus soirbheachadh

Bidh siostam còmh-dhail aig Alba a chuidicheas le bhith a' libhrigeadh fàs eaconamach seasmhach, in-ghabhalach a bheir cothrom don dùthaich gu lèir soirbheachadh. Tha prìomh phàirt aig còmh-dhail ann an libhrigeadh Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba. Bheir e cothrom do ghnìomhachasan cothrom èifeachdach a bhith aca air luchd-solair agus custamairean. Bheir seo cothrom do dhaoine air na h-obraichean far an urrainn dhaibh a bhith aig an ìre as tarbhaiche agus gus teachd a-steach an dachaighean àrdachadh tro bhith a' cruthachadh cothrom air cosnadh. Bidh an siostam còmh-dhail againn:

- Gar toirt do na h-àiteachan far am feum sinn a dhol: bidh seirbheisean agus lionraidhean air am filleadh a-steach gu h-èifeachdach le planadh spàsail is cleachdadh fearainn agus leasachadh eaconamach, agus atharraichidh iad a rèir feumalachdan dhaoine, ghnìomhachasan agus luchd-tadhail.
- Earbsach, èifeachdach agus àrd-chàileachd: feumaidh a h-uile duine a bhith cinnteach mu cho fada 's a bheir turas, agus gum bi e sìmplidh agus cofhurtail a dhèanamh. Bidh e comasach dhuinn ar beatha a phlanadh, faighinn dhan obair againn air an uair, faighinn gu foghlam agus trèanadh agus bathar a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach agus gu ghnìomhachasan a chumail a' dol gu rèidh.
- A' cleachdadh tionnsgalachd bhuannachdail: tha batharan, seirbheisean agus teicneòlasan ùra gan leasachadh gu luath agus ag atharrachadh ar beathannan agus ar n-àiteachan gu mòr. Gabhaidh sinn ri cothroman gus an siostam còmh-dhail againn a leasachadh gus na h-amasan eaconamach againn a choileanadh.

Tha e a' cur ris an t-slàinte is sunnd againn

Bidh siostam còmh-dhail na h-Alba sàbhailte agus bheir e cothrom dhan dùthaich a bhith slàn fallain. Feumaidh an siostam còmh-dhail againn a bhith sàbhailte tèarainte agus feumaidh iad misneachd agus earbsa a thoirt dhan luchd-cleachdaidh gun ruig iad an cinn-ùidhe gun chunnart sam bith. Bu chòir dha cuideachd cothrom a thoirt do dhaoine a bhith a' taghadh siubhal gnìomhach gus piseach a thoirt air an cuid slàinte is sunnd agus oidhirp a dhèanamh mu bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd slàinte. Bu chòir dha taic a chumail ris na Prìomhachasan againn airson Slàinte Phoblach². Bidh an siostam còmh-dhail againn:

- Sàbhailte is tèarainte do na h-uile: bidh e fhathast na prìomhachas a bhith a' cur casg air agus a' lùghdachadh tachartasan air an t-siostam còmh-dhail.
- A' toirt cothrom dhuinn co-dhùnaidhean siubhail fallain a ghabhail: bidh modhan siubhail gnìomhach mar thè de na dòighean siubhail as fheàrr le daoine agus bidh deagh bhuaidh aig seo air slàinte is sunnd dhaoine fa-leth. Lùghdaichidh seo a' bhuaidh shòisealta is eaconomach aig ceistean slàinte phoblach, mar eisimpleir, slàinte inntinn, ro-reamhrachd, tinneas an t-siùcair seòrsa-2, agus tinneas cridh-shoitheach (*cardio-vascular*).
- Cuidichidh e na coimhearsnachdan againn gus a bhith nan àiteachan fìor mhath airson fuireach: le àiteachan agus lionraidhean nas glaine agus nas uaine, brosnachidh e coiseachd, cuibhligeadh agus rothaireachd. Lìbhrigidh seo barrachd eadar-obrachadh sòisealta, bheir e taic do ghnìomhachasan agus sheirbheisean ionadail agus cruthaichidh e coimhearsnachdan beòthail.

Tha sinn a' faicinn atharrachadh ann an còmh-dhail a tha fìor mhòr agus fìor luath. Tha tionnsgalachd agus leasachaidhean ann an teicneòlasan a' toirt cruth-atharrachadh air solar sheirbheisean agus a' cruthachadh cothroman de sheòrsa nach robh sinn idir an dùil bho chionn beagan bhliadhnaichean. Direach mar a thug trèanaichean agus an càr cruth-atharrachadh air siubhail san 19^{mh} agus san 20^{mh} linn, bidh an aon seòrsa buaidh aig teicneòlasan ùra agus teicneòlasan a tha a' tighinn am bàrr anns an linn seo fhèin, a' toirt buaidh nach beag air solar còmh-dhail agus air feumalachdan agus iarrtasan nan daoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan againn.

² Scotland's public health priorities, 2018, <https://www.gov.scot/publications/scotlands-public-health-priorities/>

Gabhaidh sinn ris na h-atharrachaidhean sin, ach chan atharraich feumalachdan bunaiteach luchd-cleachdadh an t-siostam còmh-dhail againn gu mòr thairis air an ath 20 bliadhna. Bidh daoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan ag iarraidh an aon rud bhon t-siostam còmh-dhail san àm ri teachd 's a tha iad an-diugh, 's e sin an gnìomh bunaiteach a bhith a' ceangal dhaoine agus àiteachan ann an dòighean a tha earbsach, sàbhailte agus air prìs reusanta.

Bidh an ro-innleachd againn na mheadhan air atharrachadh. Le bhith a' cur fòcas air na prìomhachasan againn agus a' libhrigeadh nam builean a tha sinn airson a choileanadh, bidh siostam còmh-dhail aig Alba a sheallas dhan t-saoghal gu bheil i na dheagh àite do ghnìomhachas. Bidh e seasmhach, cunbhalach agus nì e cinnteach gun tèid gnìomhachasan agus daoine a ghluasad gu h-èifeachdach gus fàs eaconamach seasmhach a chruthachadh. Bidh custamairean agus luchd-solair so-ruigsinneach do ghnìomhachasan. Bidh cothroman cosnaidh agus seirbheisean so-ruigsinneach do dhaoine. Cuiridh na factaran seo ris an tarbhachd, farpaiseachd agus, aig a' cheann thall, ris an fhàs eaconamach agus soirbheas san fhad-ùine.

Ach ged a dh'fheumas an siostam siubhail taic a chumail ri amasan eaconamach na h-Alba, ma tha seo gu bhith soirbheachail, feumaidh e a bhith in-ghabhalach agus piseach a thoirt air beatha dhaoine. Bidh an siostam còmh-dhail, a' cruthachadh chothroman do na h-uile agus a' toirt cothrom co-ionann do shaoranaich na h-Alba air na seirbheisean a dh'fheumas iad. Cha bhi duine ann an Alba fo ana-cothrom leis an t-siostam còmh-dhail againn. Tha seo a' gabhail a-steach òigridh, seann daoine, daoine aig a bheil teachd a-steach ìosal agus daoine air a bheil ciorram. Bheir an Ro-innleachd aire cuideachd do na feumalachdan roinneil eadar-dhealaichte againn gus dèanamh cinnteach gu bheil deagh cheanglaichean aig daoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan dùthchail, iomallach no eileanach agus gu bheil an t-aon chothrom aca air seirbheisean 's a th' aig an fheadhainn a tha a' fuireach sa chòrr den dùthaich.

Bidh siostam còmh-dhail na h-Alba san àm ri teachd a' toirt dhaoine do na h-àiteachan far a bheil iad ag iarraidh a dhol, ach gun an droch bhuaidh àrainneachdail a th' aig tòrr den t-siostam aig an àm seo. Leanaidh Alba orra mar shaoranach cruinneil cunntachail le dleastanas moralta aice gus cur ri fuasgladh dùbhlàn atharrachadh na gnàth-shìde agus gus buaidh a thoirt air feadhainn eile gus an aon rud a dhèanamh. Cha bhi droch bhuaidh shusbainteach aig na roghainnean siubhail aig daoine air leas ar planaid agus nan ginealaichean ri teachd. Tha targaidean reachdail àrd-amasach againn gus dèiligeadh ri èiginn gnàth-shìde na cruinne agus cuidichidh teicneòlasan ùra a tha a' tighinn am bàrr gus eisimeileachd nan carbadan air connadh fosail a lùghdachadh gus a bhith gan coileanadh gu soirbheachail. Cha bhi sin fhèin gu leòr - cha bhi sin a' togail bun-structar gus an t-iarrtas ris a bheilear an dùil a riarachadh - bidh againn ris an fheum tro mhodhan neo-seasmhach a lùghdachadh a rèir Rangachd na Còmh-dhail Seasmhaich.

Bidh e comasach do mhuinntir na h-Alba a bhith a' siubhal ann am bailtean agus mòr-bhailtean gun dragh a bhith orra gun toir càileachd an adhair droch bhuaidh air an cuid slàinte. Bidh muinntir na h-Alba a' fuireach ann an àiteachan leis a' chàileachd adhair as fheàrr san Roinn Eòrpa.

A bharrachd air seo, thèid siostam còmh-dhail na h-Alba a dhealbhadh le gu leòr roinnean coiseachd agus rothaireachd gus am fàs sinn nas fhallaine mar nàisean agus gus cur an aghaidh duilgheadasan meadaigeach a tha air an adhbharachadh le dìth gnìomhachd. Bheir siostam còmh-dhail na h-Alba cothrom dhan dhùthaich a bhith slàn fallain.

Bidh daoine a' faireachdainn sàbhailte air Siostam còmh-dhail na h-Alba. Lùghdachaidh e a' bhuaidh aig tachartasan siubhail air luchd-cleachdadh agus air an cuid theaghlàichean. Bidh e tèarainte cuideachd.

Bidh earbsa aig daoine anns an t-siostam a tha iad a' cleachdadh agus bidh iad fada den bheachd nach eil prìobhaideachd an fhiosrachaidh phearsanta aca ann an cunnart.

Tha an Ro-innleachd seo a' cur air adhart an dòigh anns a bheil sinn airson a dhol air adhart. Tha e a' toirt dhuinn am frèam-obrach ro-innleachdail anns am feum sinn co-dhùnaidhean mu roghainnean tasgaidh a dhèanamh san àm ri teachd. Chan eil e a' comharrachadh no a' cur air adhart phròiseactan, sgeamaichean, iomairtean no eadar-theachdan. Ann a bhith a' measadh agus a' toirt prìomhachas air tasgadh, feumaidh an dàrna Ath-sgrùdadh air Pròiseactan Còmh-dhail Ro-innleachdail, Plana Bun-structar 2020, agus na h-earrainnean a thaobh còmh-dhail anns an ùrachadh air a' Phlana air Atharrachadh na Gnàth-shìde, beachdachadh air, sgrùdadh agus comharrachadh mar a bheir roghainnean taic ris an Ro-innleachd seo. Thèid toraidhean nan Ath-sgrùdaidhean agus nam Planaichean fhoillseachadh ann am plana Libhrigidh, a' sealltainn mar a chuireas gach roghainn ris na prìomhachasan anns an dàrna Ro-innleachd Còmh-dhail Nàiseanta.

Caibideil 3 – Dùbhlain làithreach agus dùbhlain a tha a' tighinn am bàrr

Ann an beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, chunnaic sinn grunn ghluasadan dòchasach ann an còmh-dhail.

- **A' gluasad gu sgoilidhean net-zero** Tha 41% de luchd-freagairt ag ràdh gum biodh iad deònach beachdachadh air càr no bhan dealanach a cheannach, an taca ri 36% ann an 2016³. Tha còrr is 11,000 Carbadan Fìor-bheag-eimisein air an clàradh ann an Alba aig an àm seo agus tha 10,858 dhiubh nan carbadan plug-a-steach⁴. Tha figearan a' sealltainn⁵ gur e Carbadan Fìor-bheag-eimisein a bh' ann an 2% de na càraichean a chaidh a chlàradh ann an Alba ann an 2018 agus gun robh fàs de 46% ann an clàradh Carbadan Fìor-bheag-eimisean ann an Alba ann an 2018 an coimeas ris a' bhliadhna roimhe sin, 20% nas àirde na an còrr den RA.
- **A' libhrigeadh siubhal gnìomhach** Tha maoinachadh air dùblachadh agus tha seo air piseach a thoirt air libhrigeadh nam pròiseactan coiseachd is baidhsagal àrd-amasach agus in-ghabhalach ann an Alba gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh àiteachan agus coimhearsnachdan àrd-inbhe a bheir taic do shlàinte is sunnd.⁶
- **Fàs ann an còmh-dhail rèile.** Chaidh tursan luchd-siubhail air seirbheisean ScotRail suas 4% gu 98 millean anns a' bhliadhna ionmhais 2017-18. Bha seo 31% nas àirde na ann an 2007-08. Chaidh sgìrean ùra den dùthaich a cheangal ris an lìonra rèile tro libhrigeadh phròiseactan leithid ath-fhosgladh Rathad-iarainn nan Crìochan agus loidhne an Àrd-Ruigh gu Bathgate. Thathar a' lùghdachadh na droch buaidh àrainneachdail aig rèile agus thathar air amannan siubhail a dhèanamh nas giorra tro dhealanachadh, a' gabhail a-steach eadar Dùn Èideann, Glaschu agus Sruighlea.
- Ann an 2016, chaidh a' chiad **Frèam-obrach airson Siubhal Ruigsinneach** deich-bliadhna airson Alba⁷ a chur air bhog gus còmh-dhail a dhèanamh nas so-ruigsinniche do dhaoine air a bheil ciorram. 'S e amas an Fhrèam-obrach taic a chumail ri còraichean nan daoine air a bheil ciorram le bhith a' toirt air falbh chnapan-starra agus a' cur ri ruigsinneachd còmh-dhail; agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil làn-phàirt aig daoine air a bheil ciorram anns na co-dhùnaidhean gus piseach a thoirt air a h-uile taobh de chòmh-dhail. Chaidh a' chiad phlana Libhrigidh fhoillseachadh san Ògmhios 2019 leis an amas a bhith a' cur aghaidh nas luaithe air na ceistean a chaidh a chomharrachadh anns an Fhrèam-obrach.
- Bha 35 millean buille aig **Traveline Scotland**, seirbheis fiosrachaidh poblach nàiseanta na h-Alba ann an 2017. Bha seo air leudachadh 21% bho 2016 agus 245% bho 2012.
- **A' ceangal nam mòr-bhailtean againn.** Tha tasgadh nach beag ann am mòr-phròiseactan rathaid is rèile air crìoch a chur air lìonra mòr-rathaidean meadhan na h-Alba, agus tha e a' lùghdachadh nan amannan siubhail eadar nam mòr-bhailtean againn. Chaidh drochaid Phort na Bànrighinn (a' gabhail a-steach an trannsa còmh-dhail tar-Fhoirthe), Slighe Iomall an Iar Obar Dheathain agus in-thasgadh ann an lìonra nam prìomh-rathaidean a libhrigeadh.

³ Transport and Travel in Scotland 2017

⁴ Department for Transport figures (an Dùbhlachd 2018)

⁵ Society of Motor Manufacturers & Traders (SMMT)

⁶ Active Travel Taskforce delivery plan

⁷ Scotland's 10-year Accessible Travel Framework, 2016.

- **Tha rathaidean na h-Alba a' fàs nas sàbhailte** agus tha fear de na lìonraidhean rèile às sàbhailte san t-saoghal againn⁸. Ann an 2018, chaidh an àireamh iomlan de dhaoine a chaidh a leòn no a mharbhadh air an rathad sìos 11%⁹ an taca ri 2017; aig timcheall air 8,400 leòntan/bàsan, tha na figearan seo aig an ìre as ìsle bho thòisich clàran ann an 1950.
- **Tha an trafaig adhair iomlan ann an Alba, an dà chuid luchd-siubhail agus bathar air fàs** mar thoradh air ceanglaichean eadar-nàiseanta nas fheàrr agus seirbheisean adhair ùra gu farsaingeachd de dh'àiteachan air feadh na cruinne. Tha sinn cuideachd air piseach a thoirt air ruigsinneachd eadar mòr-bhailtean agus a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan agus eadar Alba agus pàirtean eile den RA, far a bheil e doirbh siubhal air ceann-gnothaich agus tilleadh ann an latha a' cleachdadh dòighean siubhail nas seasmhaiche. Tha seo uile a' cur ri farpaiseachd agus coileanadh nan gnìomhachasan agus a' cruthachadh bunait airson fàs agus soirbheas san àm ri teachd. Ach, tha e cudromach gum bi sinn a' cothromachadh an fheum airson ruigsinneachd agus ceangailteachd dìreach leis an dealas againn gu deiligeadh ri èiginn gnàth-shìde na cruinne.
- Tha toirt a-steach siostam fharaidhean **Cosgais Co-ionann ri Rathad** air seirbheisean aiseag Chluaidh is Innse Gall air cosgaisean siubhail nan aiseagan ìsleachadh, a' toirt cothrom nas fheàrr do dh'eileanaich air seirbheisean cudromach air tìr-mòr agus air cothroman cosnaidh, a bharrachd air cothroman gu tadhal air càirdean agus caraidean. Tha faraidhean nas ìsle a' brosnachadh barrachd luchd-tadhail a dhol gu eileanan na h-Alba.

A dh'aindeoin an adhartais seo, tha dùbhlain ro shiostam còmh-dhail na h-Alba fhathast: tha duilgheadasan le cuid a bhith a' feuchainn ri cothrom fhaighinn air na seirbheisean a dh'fheumas iad; tha dùmhlachd agus dàil fhathast a' cur bacadh air gnìomhachasan bho bhith a' ruigsinn an cuid chustamairean; agus tha carbadan fhathast a' sgaoileadh gasaichean taigh-glainne a tha a' truailleadh nan àiteachan anns a bheil sinn a' fuireach agus ag obair. Ma tha an Ro-innleachd gu bhith na mheadhan air atharrachadh agus ma tha e gu bhith a' libhrigeadh na lèirsinn agus na builean againn, feumaidh e aghaidh a chur air na dùbhlain seo mar chithear gu h-ìosal.

Bochdainn agus bochdainn chloinne

Eadar 2015 agus 2018 bha còrr air millean saoranach Albannach a' fuireach ann am bochdainn coimeasach gach bliadhna, a' gabhail a-steach faisg air aon às gach ceathrar chloinne¹⁰. Tha End Child Poverty a' dèanamh tuairmse gu bheil an ìre seo nas àirde na 40% ann an cuid de sgìrean ann an Alba¹¹. A bharrachd air seo, tha rannsachadh¹² o chionn ghoirid air innse gu bheil còrr air millean Albannach cuideachd a' fuireach ann an sgìrean a tha ann an cunnart bochdainn còmh-dhail¹³.

⁸ Lionra Bhreatainn air fad, a tha a' gabhail a-steach lionra na h-Alba. Tùs ORR

⁹ Scottish Transport Statistics, 2019

¹⁰ Poverty and Income Inequality in Scotland: 2015-2018, Riaghaltas na h-Alba, 2019

¹¹ <http://www.endchildpoverty.org.uk/poverty-in-your-area-2019/>

¹² Transport Poverty in Scotland, Sustrans 2016

¹³ Thathar a' meas gu bheil daoine an seo ann an cunnart bochdainn còmh-dhail nuair nach eil cothrom aca air seirbheisean riatanach no air obair air sgàth dìth roghainnean còmh-dhail aig prìs reusanta.

Tha Pàrlamaid na h-Alba air reachdas a dhèanamh airson lùghdachadh mòr a thoirt air bochdainn chloinne an dà chuid sa gheàrr-ùine (targaidean eadar-amail 2023) agus san fhad-ùine (targaidean 2030). Tha Plana Lìbhrigidh Bochdainn Cloinne na h-Alba¹⁴ ag aithneachadh cho cudromach 's a tha còmh-dhail ann a bhith a' coileanadh nan targaidean a shuidhich Achd Bochdainn na Cloinne (Alba) an dà chuid tron bhuidh a th' aice air a bhith a' meudachadh teachd-a-steach bho chosnadh agus a' lughdachadh chosgaisean dachaigh. Tha am Plana cuideachd a' toirt air 'gach raon de phoileasaidh còmh-dhail - a' gabhail a-steach còmh-dhail gnìomhach, pròiseactan mòra, lìonraidhean agus sgeamaichean lasachaidh còmh-dhail - a bhith a' beachdachadh mar as fheàrr as urrainn dhaibh taic a thoirt do libhrigeadh nan tagraidhean airson bochdainn chloinne ann an Achd Bochdainn na Cloinne agus cuideachadh gus cur an aghaidh neo-ionannachd'. Tha an Ro-innleachd seo cuideachd airson cur ri coileanadh nan targaidean aig ìre ro-innleachdail.

Tha e soilleir gu bheil pàirt chudromach aig còmh-dhail gus cuideachadh a thoirt do dhaoine a tha glacte ann am bochdainn. Is urrainn dhi a bhith na cosgais shusbainteach a thaobh cothrom air seirbheisean riatanach, no a' cumail cheanglaichean sòisealta le càirdean agus caraidean. Tha pàirt ro-chudromach aige ann a bhith a' cumail taic ris a' chothrom aig daoine air cothroman cosnadh.

Ach gu tric, chan fhaod daoine air teachd a-steach ìosal ceanglaichean sòisealta a chumail suas no cothroman obrach a ruigsinn mar thoradh air dìth no cosgaisean roghainnean còmh-dhail. 'S e cosgais am rud as motha air an tug an fheadhainn le teachd a-steach ìosal iomradh mar chnap-starra a thaobh còmh-dhail. Chaidh seo a dhaingneachadh leis an obair chonaltraidh a rinneadh gus cur ris an Ro-innleachd seo.

Ann an 2016-18, b' e £68.20 a' chosgais chuibheasach air còmh-dhail is carbadan ann an Alba, mun t-seachdamh cuid de chosg iomlan na dachaigh. Tha am figear seo air tuiteam beagan bho ìre às àirde de còrr is 15% ann an 2012-14 ach tha e fhathast na roghainn nach beag den teachd a-steach aig daoine¹⁵.

Tha daoine ann an dachaighean le teachd-a-steach ìosal nas dualtaiche siubhal air bus, agus tha an fheadhainn ann an dachaighean le teachd-a-steach nas àirde nas dualtaiche càr a chleachdadh. Bidh 44% de dhaoine a tha a' fuireach ann an dachaigh le teachd a-steach nas lugha na £10,000 a' cleachdadh bus co-dhiù aon turas gach seachdain, an coimeas ri 16% dhaibhsan le teachd-a-steach nas motha na £40,000¹⁶. Tha cothrom aig 37% de theaghlachan le nas lugha na £10,000 sa bhliadhna air càr no air barrachd air aon chàr. Tha seo a' dol suas gu 97% airson an fheadhainn aig a bheil teachd a-seach dachaigheil de £40,000 no barrachd¹⁷.

Mar sin, tha còmh-dhail phoblach glè chudromach dhan fheadhainn le teachd a-steach ìosal, ach ann an iomadh àite a tha fo ana-chothrom shòisealta, chan eil mòran roghainnean còmh-dhail phoblach ann agus tha iad gu math daor. Dh'fhaodte gun toir seo buaidh a bharrachd air bochdainn. Mar eisimpleir, ma tha ruigsinneachd air mòr-bhùthan air a chuingealachadh le dìth còmh-dhail phoblach, dh'fhaodte gu bheil seo a' fàgail gu bheil roghainnean ceannach cuibhrichte aig daoine agus gur dòcha gum bi prìsean nas àirde. Nì an Ro-innleachd cinnteach gum bi cothrom aig daoine air na seirbheisean a dh'fheumas iad air prìs reusanta.

¹⁴ Every Child, Every Chance: The Tackling Child Poverty Delivery Plan 2018-2022

¹⁵ Cosgais aig dachaighean air còmh-dhail agus carbadan an coimeas ri teachd a-steach seachdaineil na dachaigh a rèir ONS

¹⁶ Transport and Travel in Scotland, 2018, Clàr 28, Inbhidh a' cleachdadh sheirbheisean bus agus trèana ionadail anns a' mhìos mu dheireadh, 2017

¹⁷ Scottish Transport Statistics Àir. 37, 2018, Clàr 1.20: Taighean le càr no bhan a tha ri fhaighinn airson cleachdadh priobhaideach, 2017

Aonarachd shòisealta

Air feadh na cruinne, tha sinn nas ceangailte na bha sinn riamh roimhe, le adhartas teicneòlais a' leigeil leinn a bhith ann an conaltradh le daoine air feadh an t-saoghail ann an diofar dhòighean aig àm sam bith. Ach, a dh'aindeoin seo, tha tòrr dhaoine a' faireachdainn aonarachd shòisealta, le 6% de dh'inbich a' dèanamh ceangal le caraidean, càirdean no nàbaidhean nas lugha na turas no dhà san t-seachdain¹⁸. A bharrachd air seo, tha tòrr dhaoine air a bheil ciorram a' faireachdainn gu bheil iad glacte mar thoradh air dìth còmh-dhail ruigsinneach, gu sònraichte ann an àiteachan dùthchail.

Tha barrachd aithne ann gu bheil aonarachd shòisealta na chùis slàinte phoblach mhòr a bheir buaidh nach beag air sunnd corporra agus inntinneil dhaoine. Tha fianais ann a' sealltainn gu bheil aonaranachd cumanta air feadh na h-Alba¹⁹.

'S e *A Connected Scotland*²⁰ an ro-innleachd nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba airson a bhith a' cur an aghaidh aonarachd shòisealta agus airson a bhith a' togail cheanglaichean sòisealta. Is e an lèirsinn gus dèiligeadh ri iomallachd shòisealta, gum bi Alba na àite far a bheil daoine agus coimhearsnachdan nas ceangailte, agus far a bheil cothrom aig a h-uile duine dàimhean brìoghmhor a thogail ge b' e dè an aois, inbhe, suidheachadh no dearbh-aithne a th' aca.

Is urrainn còmh-dhail a bhith gu math cudromach ann a bhith a' cumail dhaoine ceangailte, a' toirt cothrom dhaibh conaltradh gu sòisealta, faighinn gu seirbheisean agus coinneachadh ri caraidean is càirdean aghaidh ri aghaidh. Tha còmh-dhail a' toirt cothrom do dhaoine a bhith gnìomhach gu sòisealta agus mar sin, tha e a' toirt deagh bhuidhe air an sunnd. Tha deagh ghòireasan siubhail gnìomhach cuideachd a' cruthachadh chothroman airson cur-seachadan, do dhaoine a tha a' coiseachd, a' cuibhligeadh, a' ruith no a' rothaireachd, ge b' e an leatha fhèin no le daoine eile a tha iad, gus piseach a thoirt air an cuid slàinte agus sunnd.

Neo-ionannachdan Gnè

Modhan-giùlan siubhail iom-fhillte

Tha mòran fianais air feadh na RA agus na Roinn Eòrpa a' sealltainn gu bheil grunn chnapan-starra ro bhoireannaich a tha a' toirt buaidh air mar a bhios iad a' siubhal agus ciamar a tha na tursan sin dhaibh. Tha mar a tha obair air a co-roinn eadar fir is boireannaich a' ciallachadh gum bi boireannaich gu tric a' dèanamh tuilleadh 's a chòrr den obair cùraim agus obair dachaigheil an taca ri fir, cho math ri obair làn-ùine no pàirt ùine²¹. Mar thoradh air an seo, tha boireannaich nas dualtaiche tursan ioma-stad agus ioma-adhbhar a dhèanamh, ris an canar 'trip-chaining', a' gabhail a-steach siubhal a dh'obair le tursan airson adhbharan eile leithid a bhith a' toirt clann dhan sgoil, a' coimhead às dèidh buill teaghlach no a' dol do na bùithtean²².

¹⁸ Scottish Household Survey, 2017

¹⁹ Our Voice Citizen's Panel (2017). Sgrùdadh air dàimhean le proifeiseantaich slàinte is cùram sòisealta, co-dhùnaidhean co-roinnte, mar a tha aonaranachd a' toirt buaidh air daoine ann an Alba, agus dè cho math 's a tha seirbheisean ag obair gu h-ionadail. td 46. URL: <https://www.ourvoice.scot/697/documents/1058>

²⁰ Connected Scotland Strategy, 2018, <https://www.gov.scot/publications/connected-scotland-strategy-tackling-social-isolation-loneliness-building-stronger-social-connections/>

²¹ ONS (2016) Women shoulder the responsibility of 'unpaid work'

²² Department for Transport (2014) National Travel Survey: Trip Chaining: 2002-2014

Ann an Sasainn ann an 2014, cha deach 14% de boireannaich a bha a' dol a dh'obair aig an àm thrang den mhadainn dìreach bhon dachaigh dhan obair, an taca ri 7% de dh'fhir. Bha boireannaich nas dualtaiche na fir a bhith a' dol a dh'obair an dèidh a dhol chun na sgoile. Bha boireannaich a tha ag obair pàirt-ùine nas dualtaiche turas ioma-stad a bhith aca na boireannaich a tha ag obair làn-ùine no na fir, ge b' e de an inbhe obrach a bh' aca²³. Mar sin, tha e ro-chudromach gun tuig sin am modhan-giùlan siubhail iom-fhillte aig boireannaich gus an dèan sinn cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig a' bhuidhinn seo, anns a bheil a' mhòr-chuid den t-sluagh, agus gus cuideachadh le bhith a' cur an aghaidh neo-ionannachd tuarastal nan gnè mar a chaidh a chur an cèill ann am Plana Neo-ionannachd Tuarastal nan Gnè aig Riaghaltas na h-Alba.

Bochdainn agus gnè

Tha boireannaich ann an Alba mòran nas dualtaiche na fir a bhith ag obair pàirt-ùine (44% an taca ri 15%) le còrr air 75% de luchd-obrach pàirt-ùine na h-Alba nam boireannach²⁴. Tha boireannaich cuideachd nas dualtaiche a bhith ann an obair le tuarastal ìosal, le 64% de dhaoine air am pàigheadh nas ìsle na an Tuarastal Bith-beò nam boireannaich²⁵. Gu sònraichte, tha pàrantan singilte, a' mhòr-chuid aca nam boireannaich, nas dualtaiche a bhith ann am bochdainn na inbhich shingilte eile aig aois obrach ann an Alba²⁶. Mar sin, tha e deatamach gum bi gnè san amharc nuair a thathar a' beachdachadh air bochdainn còmh-dhail. Gu dearbh, tha dlùth-cheanglaichean eadar bochdainn nam ban agus bochdainn chloinne is mar sin, tha brosnachadh co-ionannachd gnè math airson a bhith a' cur an aghaidh bochdainn chloinne cuideachd.

A' faireachdainn sàbhailte agus eagal ro fhòirneart

Bu chòir beachdachadh cuideachd air na dòighean anns am faod faireachdainnean sàbhailteachd agus eagal bho fhòirneart, a' gabhail a-steach fòirneart feise, buaidh a thoirt air giùlan siubhail nam ban²⁷. Tha boireannaich nas dualtaiche na fir a bhith a' gabhail dragh no dragh mòr mun chunnart gun tèid ionnsaigh drabasta a thoirt orra, agus chan iad cho buailteach ri firinnich a bhith ag aithris gu bheil iad a' faireachdainn glè shàbhailte no gu ìre mhath sàbhailte leotha fhèin air an oidhche (66% an taca ri 89%)²⁸. Tha boireannaich cuideachd nas dualtaiche aithris gu bheil iad a' faighinn aire drabasta gun iarraidh (mar eisimpleir, beachdan feiseil, feadaireachd, sealltainn gu dùr, no gan nochdadh fhèin) no a' faireachdainn mì-shàbhailte gu poblach an taca ri fir²⁹.

Feumalachdan còmh-dhail dhaoine òga ag atharrachadh

Tha an fhianais a' sealltainn cuideachd gu bheil daoine òga (aois 17-29) a' siubhal nas lugha taobh a-staigh na dùthcha³⁰. Dh'fhaodte nach eil na h-adhbharan air seo co-cheangailte ri còmh-dhail, ach is cinnteach gu bheil iad a' toirt buaidh oirre. Am measg nan adhbharan airson seo, tha:

- gum bi mòran dhaoine òga a' conaltradh barrachd leis na meadhanan sòisealta seach gu pearsanta agus mar sin chan eil an uiread de dh'fheum aca air siubhal

²³ Department for Transport (2014) National Travel Survey: Trip Chaining: 2002-2014

²⁴ Pàipear Ullachaidh Taigh nan Cumantan (2019): Boireannaich agus an eaconamaidh

²⁵ SPICe (2016) The Living Wage: Facts and Figures

²⁶ Poverty and Income Inequality in Scotland 2015-18

²⁷ Equally Safe Strategy, Riaghaltas na h-Alba, 2016

²⁸ Scottish Crime and Justice Survey 2018

²⁹ YouGov (2016) End Violence Against Women Survey

³⁰ Is the urbanisation of young adults reducing their driving? Chatterjee et al., 2018

- bidh barrachd òigridh a’ dèanamh foghlam adhartach agus àrd-ìre, tha aca ri barrachd a chosg air taigheadas, chan eil iad ann an obair phàighte gus am bi iad nas sine agus mar sin, tha nas lagha aca ri cosg air siubhal.


Sheall an co-chonaltradh a rinneadh le Young Scot airson na Ro-innleachd gun robh cothrom air, agus cosgais còmh-dhail phoblach, agus sàbhailteachd phearsanta air còmh-dhail am measg nan rudan a bu chudromaiche dhan òigridh.

Sluagh a tha a’ fàs nas sine

Tha e na dhùbhlann mòr a bhith ag atharrachadh an t-siostaim còmh-dhail a rèir nan atharrachaidhean ann an deamografaidh na h-Alba agus nam feumalachdan eadar-dhealaichte is atharrachail aig na diofar bhuidhnean aoise.

Tha sluagh na h-Alba a’ fàs nas sine. Ann an 2016, bha 440,000 neach ann an Alba nas sine na 75. Ro 2040, thathar an dùil gum fàs am figear seo gu 790,000, àrdachadh de faisg air 79%³¹.

Thathar a’ ro-mheas gun àrdaich an uiread de sheann daoine ann an Alba



Clàr 1: Atharrachadh sluaigh ris a bheilear an dùil a rèir aois

Gu h-eachdraidheil, mar a bu shine a dh’fhàsadh daoine, ’s ann na bu lugha a bhiodh iad a’ siubhal ach san latha an-diugh, tha seann daoine nas fallaine, nas beartaiche agus nas gluasadaiche an coimeas ri ginealaichean roimhe.

³¹ Tha an dàta tuairmseach, airson 1981-2016, bho thuairmsean àireamh-sluaigh meadhan-bliadhna aig Clàran Nàiseanta na h-Alba. Tha an dàta ro-mheasta, airson 2017-2041, bho àireamh-sluaigh ro-mheasta na h-Alba (stèidhichte air 2016).

Tha iad dualtach a bhith ag iarraidh a bhith a' siubhail barrachd agus feumaidh an siostam còmh-dhail againn taic a chumail ri seo gus dèanamh cinnteach nach eil seann daoine iomallach gu sòisealta.

Alba nas cothromaiche do dhaoine nas sine: Chaidh *A Framework for Action*³², a dheasachadh gus cur an aghaidh nan neo-ionannachdan a bhios ro sheann daoine nuair a dh'fhàsas iad nas sine agus gus seann daoine na h-Alba a chomharrachadh. Tha am Frèama a' toirt am follais cho cudromach 's a tha an Sgeama Leasachaidh Còmh-dhail Nàiseanta, gu bheil daoine a' cur luach ann, agus gu bheil e ag obair gu math do dhaoine aig a bheil cairt-siubhail airson iomadh adhbhar, a' gabhail a-steach a bhith a' sàbhaladh airgid, a' lùghdachadh aonaranachd, a' toirt barrachd neo-eisimeileachd do dhaoine agus a' toirt barrachd misneachd do dhaoine mun chomas aca a bhith a' siubhal. Tha pàirt chudromach aig còmh-dhail coimhearsnachd³³ ann a bhith a' libhrigeadh fhuasglaidhean sùbailte is ruigsinneach air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd mar fhreagairt air feumalachdan còmh-dhail ionadail sheann daoine nach eil air an coileanadh tro dhòighean eile.

Fhuair an obair cho-chomhairle a rinneadh mar phàirt de dh'obair deasachaidh na Ro-innleachd a-mach gun robh factairean a bha a' toirt buaidh air seann daoine a' gabhail a-steach carbadan nach eil ruigsinneach (a' gabhail a-steach tagsaidhean, busaichean agus trèanaichean), cofhurtachd nan tursan, tricead nan seirbheisean bus agus droch amalachadh eadar diofar sheirbheisean còmh-dhail.

Daoine air a bheil ciorram

Tha a' chuibhreann de dh'Inbhich air a bheil tinneas no ciorram slàinte inntinn no corporra fad-ùine a' dol am meud mar a bhios an sluagh a' fàs nas sine. Eadar 2008 agus 2017, chaidh a' chuibhreann de bhoireannaich air an robh ciorram suas bho 28% gu 34%. Thairis air an aon àm, chaidh a' chuibhreann de dh'fhìreannaich air an robh ciorram suas bho 23% gu 29%³⁴.

Ged a tha Sgeama Siubhail Lasaichte Nàiseanta ann dhaibhsan a tha ion-roghnach, tha daoine air a bheil ciorram nas dualtaiche fulang le bochdainn còmh-dhail an coimeas ri daoine air nach eil ciorram. Cuideachd, tha cuibhreann nas lugha de dhaoine air a bheil ciorram ann an obair an taca ris an fheadhainn air nach eil ciorram.


³² A Fairer Scotland for Older People: A Framework for Action, An Giblean 2019, <https://www.gov.scot/publications/fairer-scotland-older-people-framework-action/>

³³ Tha còmh-dhail coimhearsnachd a' ciallachadh seirbheisean a tha air an ruith air stèidh neo-phrothaid le buidhnean shaor-thoileach no iomairtean sòisealta. Tha seo a' gabhail a-steach rudan leithid sgeamaichean càr saor-thoileach, seirbheisean bus coimhearsnachd, còmh-dhail sgoile, còmh-dhail ospadail, 'dial a ride', cuibhlean a dh'obair agus sgeamaichean màl buidhne. Tha cuid dhiubh seo rim faighinn gu coimeirsealta no tro ùghdarrasan ionadail.

³⁴ Scottish Health Survey 2017 edition, 2018

Tha a' chuibhreann de dh'inbhich air a bheil tinneas no ciorram slàinte inntinn no corporra fad-ùine a' dol am meud

Boireannaich
 Na h-inbhich uile
 Fireannaich



Clàr 2: Àireamh sa cheud de dh'inbhich air a bheil suidheachadh slàinte inntinn no corporra fad-ùine³⁵

Tha na h-aon chòraichean aig daoine air a bheil ciorram 's a th' aig a h-uile saoranach eile³⁶ a thaobh cothrom co-ionann air cosnadh agus cùram slàinte agus gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhan ionnsachaidh, sòisealta, cur-seachad agus cultair gus am bi beatha cho coileanta 's a ghabhas aca.

Ach, is urrainn cnapan-starra siubhail duilgheadasan mòra adhbharachadh do dhaoine air a bheil ciorram. Am measg nam prìomh dhùbhlain ris am feum an siostam còmh-dhail dèiligeadh tha:

- cothrom a bhith ann air fiosrachadh siubhail ceart is buntainneach an dà chuid ro agus rè an turais
- cothrom a bhith ann ionadan-iomlaid còmh-dhail phoblach a chleachdadh
- a bhith comasach air carbadan còmh-dhail poblach a chleachdadh
- a bhith comasach air eadar-ghluasad eadar a h-uile modh còmh-dhail
- draghan a thaobh sàbhailteachd agus cofhurtachd air lionra na còmh-dhail phoblach

³⁵ Scottish Health Survey 2017 edition, 2018

³⁶ Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean nan Daoine air a bheil Ciorram

Tha na cnapan-starra seo a' ciallachadh gu bheil ìrean nas lugha de shiubhal am measg dhaoine air a bheil ciorram agus gu bheil iad seo a' cur ri farsaingeachd de bhuidhean nach eil do-sheachanta. Is urrainn Còmhdhail Coimhearsnachd a bhith cudromach ann an coileanadh feumalachdan siubhal nan daoine air a bheil ciorram.

Atharrachaidhean roinneil ann an Alba

Tha dùbhlain còmhdhail eadar-dhealaichte ann an diofar sgìrean agus roinnean ann an Alba. Is dòcha nach bi na cnapan-starra còmhdhail a tha mu choinneimh an fheadhainn a tha a' fuireach ann am bailtean agus cathair-bhailtean ann am Meadhan na h-Alba, co-ionann ris an fheadhainn ann am bailtean agus cathair-bhailtean ann am pàirtean eile de dh'Alba no, gu dearbh, anns na coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach. A bharrachd air seo, dh'fhaodte gu bheil feumalachdan còmhdhail eadar-dhealaichte aig diofar sgìrean den dùthaich gus na h-amasan aca airson siubhal in-ghabhalach a choileanadh. Bidh feum air farsaingeachd de dh'fhuasglaidhean airson nan dùbhlain seo agus air diofar mhodailean riaghlaidh gus an libhrigeadh.

Bailtean agus Mòr-bhailtean

Tha na mòr-bhailtean againn a' fàs. Mar thoradh air dith taigheadais air pris reusanta ann am meadhan nam mòr-bhailtean, tha barrachd frith-bhailtean ann le barrachd sgeamaichean taigheadais, agus tha seo a' toirt buaidh air feumalachdan agus pàtran siubhal, gu sònraichte a-steach gu meadhan nan cathair-bhailtean. Ma leanas na gluasadan seo, chì na mòr-bhailtean againn fàs ann an taigheadas agus ann an sluagh thairis air an ath 20 bliadhna³⁷. Tha an sluagh ann an tòrr de na bailtean againn a' fàs cuideachd, gu sònraichte an fheadhainn ann am meadhan na h-Alba far an urrainn do dhaoine siubhal do na mòr-bhailtean airson obair.

Tha na h-atharrachaidhean a' cur cuideam agus iarrtas a bharrachd air na siostaman còmhdhail againn agus an àireamh de dhaoine a tha gan cleachdadh a' fàs agus na pàtran siubhal aca ag atharrachadh mar thoradh air diofar dhòighean beatha. Tha barrachd dhaoine ag iarraidh a dhol gu meadhan nam mòr-bhailtean againn, gu tric ann an càraichean priobhaideach, agus tha seo a' toirt buaidh air càileachd adhair. Mar thoradh air seo, tha na ceithir mòr-bhailtean as motha ann an Alba a' toirt a-steach sònraichte eimisein ìosal. Le bhith a' cur bacadh air na carbadan a nì an truailleadh as motha, bheir seo buaidh aig a cheann thall air na dòighean anns am bi sinn a' dol do na bailtean againn agus air na seirbheisean a bhios iad a' toirt seachad. Bidh an t-iarrtas a tha a' sìor fhàs airson àiteachan poblach nas uaine le càileachd adhair ionadail nas fheàrr agus sàbhailteachd nas fheàrr airson siubhal gnìomhach cuideachd a' toirt buaidh air mar as urrainn do charbadan sgìrean bailteil a chleachdadh agus an dòigh anns am bi sinn a' siubhal ann an sgìrean bailteil.

Le barrachd charbadan, tha barrachd dùmhlachd-trafaig ann, le gnìomhachasan a tha stèidhichte ann am meadhan nam mòr-bhailtean, no a' frithealadh meadhan nam mòr-bhailtean, a' faicinn àrdachadh ann an amannan siubhal, rud a tha a' toirt buaidh air cosgaisean agus coileanadh nan gnìomhachasan. Mar thoradh air an dùmhlachd-trafaig seo, tha tuigse a' fàs gum feumar aghaidh a chur air an uiread de charbadan tro cheuman gus iarrtas a stiùireadh gu h-èifeachdach agus gus roghainnean siubhal nas seasmhaich a bhrosnachadh.

Tha tòrr de na coimhearsnachdan fon ana-chothrom as miosa ann an Alba ann am mòr-bhailtean, gu sònraichte ann an sgìrean air iomall nam bailtean. Ach feumaidh tòrr de na daoine a bhith a' siubhal astar fada airson cothroman obrach oir tha tòrr den obair stèidhichte ann am meadhan nam mòr-bhailtean. Tha ceangal làidir ann cuideachd eadar ana-chothrom agus ìre ìosal de shealbhadaireachd chàraichean, a tha a' fàgail gu bheil feum aig tòrr dhaoine anns na mòr-bhailtean againn air còmhdhail poblach airson cothrom fhaighinn air obair agus prìomh sheirbheisean leithid

³⁷ Ro-mheasadh air an t-Sluagh le Clàran Nàiseanta na h-Alba

slàinte. Ach gu h-eachdraidheil, tha e air a bhith doirbh seirbheisean còmh-dhail èifeachdach a libhrigeadh ann an sgìrean frith-bhailteil anns a bheil sluagh sgapte.

Coimhearsnachdan Iomallach, Dùthchail agus Eileanach

Tha dùbhlain a bharrachd aig coimhearsnachdan eileanach agus aig an fheadhainn ann an sgìrean iomallach agus dùthchail sa bheatha làitheil aca na aig daoine a tha a' fuireach ann an àiteachan air tìr-mòr nach eil cho dùthchail no a tha a' fuireach ann an sgìrean bailteil. Aig an àm seo, tha cosgais na còmh-dhail anns na h-eileanan agus ann an sgìrean dùthchail iomallach tòrr nas àirde, a rèir teachd a-steach, na tha e anns a' chòrr de dh'Alba. Gu tric tha tursan fada agus le grunn atharrachaidhean eadar diofar mhodhan, a' gabhail a-steach cuid-oidhche, a tha a' cur ris na cosgaisean. A bharrachd air sin, chan eil tiogaidean aonaichte an-còmhnaidh rim faighinn, a' ciallachadh gu bheil feum air grunn thiogaidean, rud a tha a' cur ri prìs agus iom-fhillteachd. Cha bhi na duilgheadasan seo ag èirigh ann an sgìrean dùthchail iomallach a-mhàin ach cuideachd ann an sgìrean dùthchail a tha gu math faisg air na bailtean agus cathair-bhailtean againn.

Mar as trice, bidh dachaighean air an dùthaich a' draibheadh nas trice na dachaighean bailteil³⁸, gu tric mar thoradh air dìth còmh-dhail phoblach. Tha ro-mheasaidhean ann gun crìon àireamhan an t-sluaigh ann an iomadh àite iomallach, dùthchail agus eileanach ann an Alba, le ìre dùmhlachd-sluaigh ìosal a tha ga dhèanamh nas dùbhlanaiche do ghnìomhaichean còmh-dhail poblach seirbheisean ion-obrachail a libhrigeadh air stèidh coimeirsealta. Ach tha barrachd ùidh aig daoine a bhith ag ath-thilleadh seo ann an sgìrean dùthchail far an gabh fuasglaidhean seasmhach a lorg. Is urrainn do chòmh-dhail coimhearsnachd cur gu mòr ri seo.

Tha dùbhlain ro chuid de na coimhearsnachdan eileanach nach gabh turas a dhèanamh gu cathair-bhaile agus air ais air an aon latha airson obair³⁹.

Tha rannsachadh air sealltainn⁴⁰ gu bheil an teachd a-steach as ìsle a dh'fheumas teaghlaichean airson inbhe beatha iomchaidh a bhith aca ann an coimhearsnachdan eileanach na h-Alba fada nas àirde na dh'fheumas daoine sa chòrr den RA, agus gu tric nas àirde na ann an sgìrean eile ann an Alba dhùthchail. Tha pàtran sgaoileadh na bochdainn⁴¹ eadar-dhealaichte ann an sgìrean dùthchail cuideachd. Am measg nam factaran a tha ag adhbharachadh cosgaisean a bharrachd airson dachaighean eileanach an taca ris a' chòrr den RA, tha:

- astaran siubhail a dh'obair nas fhaide, còmhla ri cosgaisean còmhnaidh nas àirde
- a' chosgais a bharrachd airson a bhith a' dol gu tìr-mòr bho àm gu àm
- cosgaisean aiseig/adhair a bharrachd airson siubhal eadar eileanan

³⁸ Scottish Transport Statistics Àir 37, 2018, Clàr 11.10: Tricead draibhidh airson daoine aois 17+: 2017

³⁹ Tha amas aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean tiocaid-latha dà-shligheach a bhith ann gu mòr-bhaile.

⁴⁰ A Minimum Income Standard for Remote Rural Scotland, 2013, <http://www.hie.co.uk/regional-information/economic-reports-and-research/archive/a-minimum-income-standard-for-remote-rural-scotland.html>

⁴¹ Mar a chaidh a thomhas ann an Inneacs Albannach an Ioma-airceis

Le slighean nas fhaide a dh'obair agus connadh nas daoire, cuiridh seo mu £30-£40 ris na cosgaisean cuibheasach an taca ri sgìrean dùthchail ann an Sasainn⁴². Nuair a dh'fheumas daoine siubhal eadar eileanan airson obair, dh'fhaodte gum bi cosgaisean a bharrachd orra airson tursan aiseig.

Tha cosgaisean bathair a bharrachd air coimhearsnachdan eileanach uaireannan, mar eisimpleir, a' toirt bathar dhan mhargadh no a' toirt a-steach connadh no stuthan is luchd-obrach togail. Tha cosgaisean a bharrachd airson libhrigeadh nan dùbhlain cuideachd.

Tha fianais a' sealltainn nach eil cothrom cho goireasach air seirbheisean aig cuibhreann nas motha de dhaoine ann an sgìrean dùthchail iomallach agus sgìrean dùthchail ruigsinneach⁴³. Tha àiteachan bailteil is dùthchail ann an Alba far a bheil an ìre làithreach de chòmhdhail poblach, a' gabhail a-steach còmhdhail ruigsinneach, agus cùisean ceangailteachd air a bhith nan cnapan-starra a thaobh cothrom fhaighinn air cothroman cosnaidh, foghlaim no trèanaidh. Bha an ìre riarachaidh le còmhdhail phoblach ann an sgìrean bailteil mòra aig 79%, an taca ri dìreach 48% ann an àiteachan dùthchail ruigsinneach⁴⁴. Tha dìth còmhdhail na dhùbhlain sònraichte ann an sgìrean dùthchail do dhaoine òga, agus e na chnap-starra ro bhith a' faighinn cothrom air foghlam, trèanadh, fastadh, agus tha ceangal aig seo ri gluasad a-steach às an sgìre⁴⁵. Tha na dùbhlain a tha ro choimhearsnachdan eileanach air an aithneachadh gu soilleir agus nì Achd nan Eilean (Alba) cinnteach gu reachdail gun smaoinich ùghdarrasan air a' bhuidh a bhios aig an obair aca air eileanan na h-Alba.

Suidheachadh èiginneach cruinneil na gnàth-shìde

Tha suidheachadh gnàth-shìde na cruinne èiginneach agus feumaidh sinn na sgaoilidhean gas taigh-glainne againn a lùghdachadh gu mòr. Tha Alba air thoiseach air càch agus tha Pàrlamaid na h-Alba a' beachdachadh air targaid de sgaoilidhean net-zero ro 2045 aig an àm seo. Tha seo na thargaid reachdail àrd-amasach agus feumaidh còmhdhail a bhith na pàirt de seo gus dèanamh cinnteach gun tèid a libhrigeadh.

Annas na còig bliadhna mu dheireadh, tha lùghdachadh nan sgaoilidhean bho roinn na cumhachd agus mar thoradh air seo, tha sgaoilidhean iomlan na h-Alba air lùghdachadh. Ach, tha seo air ciallachadh gu bheil an cuibhreann bho sgaoilidhean gas bho chòmhdhail air a dhol am meud gu mòr. 'S e Còmhdhail an roinn as motha ann an Alba a tha a' sgaoileadh gasaichean taigh-glainne, agus e a' sgaoileadh 37% dhiubh ann an Alba.

Tha na factaran a tha a' toirt buaidh air eimiseanan bho chòmhdhail lìonmhor agus iom-fhillte. Chuir an crìonadh eaconamach ann an 2008 ri tuiteam ann an eimiseanan, cho math ri leasachaidhean ann an èifeachdas connaidh agus atharrachaidhean ann am prìs na h-ola. Eadar an ìre as àirde ann an 2007 agus 2013, bha an treand ann an eimiseanan bho chòmhdhail a' dol sìos. Ach, bho 2013, tha fàs air a bhith ann gach bliadhna, a dh'aindeoin carbadan nas èifeachdaiche, mar thoradh air àrdachadh ann an cilemeatairean carbad air an dràibheadh.


⁴² A Minimum Income Standard for Remote Rural Scotland, 2013, <http://www.hie.co.uk/regional-information/economic-reports-and-research/archive/a-minimum-income-standard-for-remote-rural-scotland.html>

⁴³ Transport and Travel in Scotland 2017, Clàr 33: Cothrom air seirbheisean a bha luchd-freagairt a' meas glè no gu math goireasach: 2016

⁴⁴ Suirbhìdh Dachannan na h-Alba 2017, anailis a bharrachd

⁴⁵ Suirbhìdh HIE, 2018

Sgaoileadh gasaichean an taigh-ghlainne a rèir modh ann an 2017



Clàr 3: Sgaoileadh gasaichean an taigh-ghlainne a rèir modh ann an 2017⁴⁶

B' e càraichean an tùs as motha de sgaoilidhean gas bho chòmhdhail aig 40%, air a leantainn le còmhdhail adhair agus loingear aig 15% an urra. A bharrachd air seo, chaidh 25% de dh'èimiseanan a dhèanamh le measgachadh de Charbadan Bathar Aotrom (LGVs) agus Carbadan Bathar Trom (HGVs)⁴⁷.


Is e an càr fhathast am prìomh dhòigh còmhdhail ann an Alba. Ann an 2017, chaidh 65% de na tursan uile a dhèanamh an dàrna cuid mar dhràibhear an no mar luchd-siubhail ann an càr no bhan⁴⁸. Bha seo air a dhol suas bho 64% ann an 2016 agus 61% bho 2012.

Tha an uiread de thursan càr gun ach aon duine air bòrd cuideachd a' dol am meud. Bha am figear aig 66% ann an 2017, an taca ri 64% ann an 2012 agus 62% ann an 2007.

⁴⁶ National Atmospheric Emissions Inventory 1990-2017

⁴⁷ National Atmospheric Emissions Inventory 1990-2017

⁴⁸ Scottish Transport Statistics No. 37, 2018, <https://www.transport.gov.scot/publication/scottish-transport-statistics-no-37-2018-edition/sct01193326941-14/>



Clàr 4: Àireamh nan daoine ann an càraichean ann an 2017⁴⁹

Feumaidh an Ro-innleachd aghaidh a chur air suidheachadh èiginneach cruinneil na gnàth-shìde agus feumaidh i cur ris na targaidean àrd-amasach a chaidh aontachadh. Leis an amas a bhith a' cur às dhan fheum air càraichean is bhanaichean peatrail is dìosail ro 2032 agus le bhith a' leantainn air adhart leis an Rangachd Siubhail Seasmhach, thig lùghdachadh mòr air eimiseanan. A bharrachd air seo, bidh an STPR2 agus eileamaid na còmhdhail ann am Plana Atharrachaidh na Gnàth-shìde a' measadh cho-dhùnidhean a thaobh tasgadh san àm ri teachd air na bhios iad a' cur ri cur an gnìomh na Ro-innleachd seo, agus gu sònraichte, mar a bheir iad buaidh air na builean 'Gnìomhach air a' ghnàth-thìde' agus targaidean air atharrachadh na gnàth-shìde san fharsaingeachd.

Cruth-atharrachadh cothromach

Nuair a bhios sinn a' gluasad gu eaconomaidh a bhios ìosal ann an càrbon, feumar seo a dhèanamh ann an dòigh a tha cothromach, a rèir prionnsabalan⁵⁰ an Eadar-ghluasad Chothromaich:

- taic a chumail ri obraichean a tha seasmhach gu h-àrainneachdail agus gu sòisealta
- taic a chumail ri tasgadh agus bun-structar beag-chàrboin
- a' cruthachadh agus a' cumail aonta sòisealta tro cho-chomhairle le luchd-obrach, coimhearsnachdan, buidhnean neo-riaghaltais, gnìomhachasan agus buidhnean iomchaidh sam bith eile.
- dèan gach oidhirp gus obair mhath, chothromach agus àrd-luach ann an dòigh nach toir droch bhuaidh air an fheachd-obrach làithreach no air an eaconomaidh san fharsaingeachd

⁴⁹ Transport and Travel in Scotland 2017, Clàr TD9

⁵⁰ <https://www.gov.scot/groups/just-transition-commission/>

- cuir ri modhan eaconamach a tha èifeachdach a thaobh goireasan agus seasmhach, a chuidicheas le bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd agus bochdainn

Còmhhdail adhair

Airson a bhith tarbhach, farpaiseach agus soirbheachail gu h-eaconamach, feumaidh deagh cheanglaichean a bhith aig Alba. Bidh còmhhdail adhair fhathast na phrìomh phàirt de cheangailteachd na h-Alba, an dà chuid gu h-eadar-nàiseanta agus taobh a-staigh na h-Alba agus na RA. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha slighean-adhair roinneil a tha a' siubhal eadar Alba agus àiteachan far nach eil rèile freagarrach airson gnìomhachasan, mar eisimpleir, gu iar-dheas Shasainn.

Tha sinn cuideachd airson 's gum bi e furasta dhan chòrr den t-saoghal a bhith a' tadhal air agus a bhith ri gnìomhachas ann an Alba. Tha luchd-tadhail eadar-nàiseanta a' cur gu mòr ri gnìomhachas na turasachd againn.

Ach feumar a' bhuaidh àrainneachdail aig còmhhdail adhair aithneachadh agus feumar frith-chothromachadh (offset) a dhèanamh ma tha sinn a' dol a choileanadh na targaid net-zero. Ged a bhios seo na dhùbhlán, tha fìor chothroman ann a bhith ag obair leis an roinn na còmhhdail adhair gus an soirbhich Alba.

Tha adhartas leantainneach ann an teicneòlas nan einnseanan agus nam frèam-adhair a' ciallachadh gum faod plèanaichean a dhol nas fhaide, nas sàmhhaiche agus nas èifeachdaiche na rinn iad riamh roimhe. Tha sinn a' coimhead air seirbheisean adhair làn-dhealanach mar a phrìomh dhòigh-siubhail airson slighean nas giorra air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan san àm ri teachd. Is urrainn puirt-adhair ceuman eile a ghabhail gus eimiseanan a lùghdachadh air an talamh, an dà chuid bho phlèanaichean agus carbadan. Tha iomadh cothrom as urrainn dhuinn gabhail gus an droch bhuaidh aig roinn na còmhhdail adhair a lùghdachadh.

Freagarrachadh airson atharrachadh na gnàth-shìde

A bharrachd air a bhith a' lùghdachadh na buaidh a bhios aig còmhhdail air a' ghnàth-shìde, feumaidh an siostam còmhhdail againn freagarrachadh a rèir na buaidh a bhios aig atharrachadh na gnàth-shìde. Tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh dhìreach air roinn na còmhhdail tron àireamh a tha a' sìor fhàs, agus a tha a' tachairt nas trice, de thachartasan dhroch shìde agus an troimhe-chèile a bhios iad ag adhbharachadh dhan t-siostam còmhhdail, leithid bleith nan cladaichean againn, maoimean-slèibhe agus ìrean uisge ag èirigh⁵¹. Thathar ag aithneachadh gu bheil an troimhe-chèile a' toirt buaidh gu sònraichte mòr air coimhearsnachdan le nas lugha de roghainnean còmhhdail, agus le roghainnean còmhhdail nach eil cho ath-leumach.

Ann an beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha grunn thachartasan sìde air a bhith ann a tha air mòran ùpraid adhbharachadh agus a tha air cosgaisean mòra adhbharachadh dhan eaconamaidh. Is dòcha gur e an tachartas as ainmeile nam measg am 'Beast from the East' anns a' Ghearran 2018, an tachartas sìde a bu chosgaille ann an seachd bliadhna. Chosg am fìor dhroch shìde co-dhiù £1 billean gach latha do dh'eaconamaidh Bhreatainn mar thoradh air dùmhlachd-trafaig, trèanaichean agus busaichean nach robh a' ruith a bha a' fàgail nach robh luchd-obrach comasach air a dhol a dh'obair⁵².

Feumaidh an Ro-innleachd dèanamh cinnteach gu bheil ath-leumachd an lìonra còmhhdail air a neartachadh, gus am bi pròiseactan agus poileasaidhean còmhhdail ùra a' dèiligeadh gu h-èifeachdach ris na h-atharrachaidhean ris a bheilear an dùil agus gu bheil na lìonraidhean a th' ann mar-thà air an atharrachadh gus dèiligeadh ri barrachd

⁵¹ Scotland Climate Change Adaptation Programme 2, (SCCAP2), gu bhith air fhoillseachadh nas fhaide air adhart ann an 2019

⁵² Freezing Weather costs UK economy £1bn a day, P Inman, G Topham, agus A Vaughan,

uisge gus fasnadh a thoirt do dhrochaidean bho ghaoth àrd, agus a tha comasach air dèiligeadh ri ìrean teothachd fìor àrd no fìor ìosal.

Adhartas teicneòlach

Tha tionnsgalachd agus leasachaidhean ann an teicneòlasan, ceangaileachd didseatach agus stòradh dàta a' toirt buaidh mhòr air seirbheisean agus a' cruthachadh chothroman ùra. Mar eisimpleir, le carbadan ceangailte agus fèin-obrachail, agus leasachadh ULEVs, a' gabhail a-steach an amais a bhith a' cur às dhan fheum air càraichean is bhanaichean peatrail is dìosail ro 2032, agus còmh-dhail a tha a' freagairt gu dìonamach ri iarrtas, So-ghluasachd mar sheirbheis⁵³.

Dh'fhaodadh mòran bhuannachdan tighinn bho adhartas teicneòlais agus bu chòir Alba a bhith deònach cothrom a ghabhail orra. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh cothroman a bhith air an cruthachadh sa mhargaidh tro leasachadh bhathar-bog agus a' didseatachadh pròiseasan saothrachaidh. Bidh cothroman ann cuideachd anns an t-sèine solair airson obair-dèanamh charbadan agus phàirtean airson carbadan ceangailte agus fèin-obrachail a bharrachd air ULEVan agus bu chòir do chompanaidhean ann an Alba deisealachadh gus cothrom a ghabhail air seo.

Bidh buannachdan dìreach ann don t-siostam còmh-dhail air am bu chòir dhuinn cothrom a ghabhail gus ar n-obair còmh-dhail a dhèanamh nas èifeachdaiche. Mar eisimpleir, bheir feartan sàbhailteachd is brèigeachaidh adhartach cothrom dhuinn lìonra rathaidean na h-Alba a dhèanamh nas sàbhailte le nas lugha de thubaistean.

Dh'fhaodadh ùr-ghnàthachadh agus teicneòlasan adhartach leigeil le nas lugha de rùm a bhith ann eadar carbadan rathaid agus aig an aon àm a bhith a' cur ri sàbhailteachd, agus mar sin a bhith a' comasachadh barrachd comas-lìonaidh agus nas lugha de dhùmhlachd a bhith ann gun a bhith a' meudachadh meud an lìonra. Dh'fhaodadh seo, an uair sin, cothroman a chruthachadh gus piseach a thoirt air coileanadh gnìomhachais agus gus fàs nas àirde a thoirt air adhart.

Dh'fhaodadh gum biodh còmh-dhail phoblach na b' ion-obrachail ann an cuid de sgìrean le carbadan fèin-obrachail. Tha cosgais nan dràibhear an a' dèanamh suas còrr is an treas cuid de na cosgaisean iomlan, agus às aonais seo, dh'fhaodadh seirbheisean còmh-dhail phoblach a thoirt a-steach far nach eil iad comasach air adhbharan coimeirsealta an-dràsta. Ach, dh'fhaodte gum bi droch bhuidh aig carbadan fèin-obrachail cuideachd⁵⁴. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh turasan a bharrachd le càraichean fèin-dràibhidh, nuair a thilleas iad air ais gu na h-àiteachan cruinneachaidh aca às dèidh dhaibh daoine a leigeil dheth, ìrean dùmhlachd rathaid nas motha adhbharachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith air a mheudachadh ma tha cosgaisean cleachdaidh charbadan fèin-obrachail nas ìsle na na cosgaisean siubhail làithreach, a' ciallachadh gum bi barrachd thursan air an dèanamh.

Bu chòir a ràdh cuideachd, ge-tà, gum faodadh carbadan dealain is fèin-obrachail a bhith gu math daor an coimeas ri carbadan làithreach sa gheàrr-ùine agus nach bu chòir daoine a bhith air an dùnadh a-mach nuair a thathar a' toirt a-steach leasachaidhean teicneòlais.

Tha obair a' dol air adhart gus coimhead air seòrsaichean eile de thraicsean rèile, gu sònraichte, teicneòlas hybrid agus haidridean, a chruthaicheas cothroman nach beag gus

⁵³ A Time of Unprecedented Change in the Transport System, The Government Office for Science, 2019

⁵⁴ A Time of Unprecedented Change in the Transport System, The Government Office for Science, 2019

an siostam rèile a dhèanamh nas èifeachdaiche agus nas saoire. Cuideachadh, tha cleachdadh seòrsaichean connaidh ùra ann am busaichean a' fàs.


Tha an Ro-innleachd againn a' gabhail a-steach ùr-ghnàthachadh agus adhartas teicneòlais agus gan cleachdadh airson ar leas gus modhan nas seasmhaiche a chruthachadh, cothroman nas motha agus co-ionann a thoirt do bhuidhnean fo ana-chothrom agus gus èifeachdas agus sàbhailteachd an t-siostam a mheudachadh. Tha dùbhlain againn a bhith a' dèanamh cinnteach: Gu bheil Alba air thoiseach air càch ann am fàs margaidhean ULEV; gu bheil sgaoileadh cothromach de thasgadh ann a tha buannachdail dhan a h-uile coinsiumair; agus gum bi gnìomhachasan na h-Alba a' gabhail cothrom air agus a' faighinn buannachd bho cothroman margaidh agus teicneòlais ùra.

Càileachd adhair

A bharrachd air a bhith a' cur ri atharrachadh gnàth-shìde, tha droch bhuaidh aig an t-siostam còmh-dhail againn air càileachd an adhair ionadail againn cuideachd. Bidh còmh-dhail a' cruthachadh beagan a bharrachd air an t-siathamh cuid de stuth mireach iomlan na h-Alba (PM10) agus còrr air trian de na sgaoilidhean iomlan de dh'ogsaideanan naitridean (NOx). Tha a' mhòr-chuid de na sgaoilidhean seo air an adhbharachadh le còmh-dhail rathaid.

Tha sgaoileadh NOx a' lùghdachadh ach chan ann cho luath 's a bhathar an dùil. Eadar 2006 agus 2016, chaidh sgaoilidhean bho chòmh-dhail de NOx⁵⁵, PM10⁵⁶, agus PM2.5⁵⁷ an lughad le 37%, 48%, agus 54%.

Atharrachadh anns na sgaoilidhean iomlan bho chòmh-dhail 2006-2016



Clàr 5: Atharrachadh anns na sgaoilidhean iomlan bho chòmh-dhail 2006-2016⁵⁸

⁵⁵ Tha NOx a' ciallachadh ogsaideanan naitridean, gu sònraichte stuthan truailidh san adhar.

⁵⁶ Tha PM10 a' ciallachadh stuthan mireach (*particle material*-PM) le trast-thomhas de nas lugha na 10 micro-meatairean

⁵⁷ Tha PM 2.5 a' ciallachadh stuthan mireach (PM) le trast-thomhas de nas lugha na 2.5 micro-meatairean

⁵⁸ Scottish Transport Statistics 2018, Clàr 13.1a <https://www.transport.gov.scot/publication/scottish-transport-statistics-no-37-2018-edition/sct01193326941-16/>

Ged a tha tuiteam air a bhith ann, tha còmh-dhail, agus còmh-dhail rathaid gu sònraichte, fhathast a' cur gu mòr ri droch chàileachd adhair. Bidh truailleadh adhair a' cur ris na cunnartan bho ghalaran leithid na cuing, agus tinneas analach agus cridhe, gu sònraichte dhaibhsan a tha nas so-leònte leithid clann glè òg agus seann daoine no an fheadhainn air a bheil suidheachaidhean slàinte eile. Tha càileachd adhair uaireannan nas miosa ann an sgìrean fo ana-chothrom agus tha e na chùis neo-ionannachd slàinte. Ann an 2010, bha stuthan mion-mhìreach co-cheangailte ri timcheall air 2,000 bàs ro-òg ann an Alba agus chailleadh mu 22,500 bliadhna-beatha tron t-sluagh air fad⁵⁹.

Crìonadh ann an ìre cleachdaidh nam busaichean


Tha busaichean nam prìomh eileamaid ann an Rangachadh Còmh-dhail Seasmhach na h-Alba. Is e am bus cuideachd am prìomh mhodh còmh-dhail, a' dèanamh suas mu thrì cairteil de na tursan uile air còmh-dhail phoblach⁶⁰. Tha e gu sònraichte cudromach do sgìrean nach eil air an lìonra rèile, a' gabhail a-steach tòrr de sgìrean dùthchail na h-Alba. Is urrainn dha a bhith na eileamaid chudromach ann an tursan ioma-mhodhach, mar eisimpleir, mar phàirt den chiad mhìle no den mhìle mu dheireadh de thuras tràna nas fhaide. Mar as trice, tha e cuideachd nas gnìomhaiche na turas càr oir mar as trice, bidh daoine a' coiseachd dhan stad-bus no air ais bhon stad-bus.

An taca ri modhan eile, tha bus fhathast na dhòigh siubhail a tha nas seasmhaiche agus nas èifeachdaiche a thaobh spàis agus na dhòigh mhòr-shiubhail fìor shùbailte a bhios fhathast cudromach gus comas gluasaid a thoirt do dhaoine. Gabhaidh bus suas ri 75 neach-siubhail⁶¹ ach cha bhith iad a' gabhail mòran a bharrachd spàs air an rathad na aon chàr, càr anns nach biodh ach aon neach gu tric.

⁵⁹ Cleaner Air for Scotland Strategy, <https://www2.gov.scot/Resource/0048/00488493.pdf>

⁶⁰ Scottish Transport Statistics Àireamh 2018, cinn-loidhne ann an caibideil 11

⁶¹ 'S e am bus ùr dà-làr trì-aiseal an enviro400XLB a chaidh a thoirt a-steach o chionn ghoirid ann an Dùn Èideann a' chiad charbad de a leithid san RA agus chaidh a chruthachadh ann an dlùth cho-obrachadh ri ADL agus an luchd-dèanaimh chassis Volvo. Gabhaidh e suas ri 100 neach-siubhail




Clàr 6: Comas-lìonaidh bus an taca ri càraichean anns nach eil ach aon neach⁶²

Ann an 2017-18, rinneadh 388 millean turas air busaichean ionadail ann an Alba. Tha seo sìos bho 394 millean (-1.5%) bhon bhliadhna mu dheireadh agus bho 487 millean (-20.3%) ann an 2007-08. Tha an gluasad seo a' tachairt aig an aon àm ri àrdachadh de 7.4% ann an trafaig rathaid (cilemeatairean carbaid) ann an Alba eadar 2007-08 agus 2017-18.

Tha cleachdadh nam busaichean air a bhith a' crìonadh bho na 1960an air grunn diofar adhbharan. Am measg nan adhbharan airson a' chrìonaidh, tha àm-siubhail nas fhaide, air adhbharachadh le dùmhlaichd-trafaig air lionra nan rathaidean, gu sònraichte ann an sgìrean bailteil⁶³. Chithear a' bhuidh aig dùmhlaichd anns a' chlàr gu h-ìosal air an làmh chli. Feumar an cearcall seo a thionndadh air ais gus taic a thoirt do dh'fhàs ann an cleachdadh bhusaichean, agus chithear a' bhuidh aig seo anns an fhigear air an taobh dheas.

⁶² Improving Air Quality in Towns and Cities – Why buses are an integral part of the solution, an Proifeasair David Begg, Greener Journeys, An Giblean 2017

⁶³ https://greenerjourneys.com/wp-content/uploads/2016/06/TTBusReport_Digital.pdf



Clàr 7: Cearcall de chrìonadh is de dh'fhàs ann an busaichean

Ge bith dè na h-adhbharan airson a’ chrìonaidh ann an cleachdadh bhusaichean, le lughdachadh ann an àireamhan an luchd-siubhail tha cunnart ann gum bi lughdachadh san teachd a-steach agus nach bi cuid de na seirbheisean ion-obrachail tuilleadh, a’ ciallachadh gun tèid an cur dheth agus, ann an cuid de shuidheachaidhean, gum bi na coimhearsnachdan air an iomall⁶⁴.

Tarbhachd

Tha an fhianais as ùire a’ sealltainn gu bheil tarbhachd na h-Alba anns an 16mh àite a-mach à 37 am measg ball-dhùthchannan OECD⁶⁵. Tha seo san dàrna cairteal ach nas ìsle na dùthchannan coimeasach eile, mar eisimpleir, Èirinn, A’ Bheilg agus An Danmhairg. Ged nach eil ìre tarbhachd na h-Alba air a stiùireadh a-mhàin le èifeachdas an t-siostam còmh-dhail, bidh leasachaidhean ann an ceanglaichean còmh-dhail eadar gnìomhachasan a’ lughdachadh chosgaisean agus a’ meudachadh tarbhachd, agus mar sin a’ cruthachadh ìrean nas àirde de dh’fhàs eaconamach^{66,67}.


⁶⁴ “Trends in Scottish bus patronage”; 2017, KPMG airson CPT Scotland

⁶⁵ OECD – Organisation for Economic Cooperation and Development

⁶⁶ Scotland’s Big Mo: Industrial Strategy, Inclusive Growth and the Future of Mobility, SCDI’s Connectivity Commission, An t- Ògmhios 2018

⁶⁷ Transport’s role in sustaining UK’s Productivity and Competitiveness: The Case for Action, Sir Rod Eddington 2008

Luach GDP ainmeach a rèir gach uair-obrach ann an 2017 ann an dùthchannan OECD (Na Stàitean Aonaichte=100)



Clàr 8: GDP⁶⁸ gach uair air obrachadh 2017 (Stàitean Aonaichte= 100)⁶⁹

Margaidean Obrach

Feumaidh daoine còmh-dhail gus faighinn gu obair, foghlam agus trèanadh agus mar sin cuidichidh còmh-dhail le bhith a' lughdachadh nan àireamhan de dhaoine a tha a-mach à obair agus bheir seo taic do mhiannan fàs na h-Alba. Faodaidh còmh-dhail cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil sgilean agus eòlas an fheadh obrach air a' mhaidseadh gu h-èifeachdach ri feumalachdan ghnìomhachasan, a' cuideachadh le bhith a' meudachadh teachd-a-steach agus tarbhachd.

Ann an Mhàrt 2019, bha ìre cosnaidh na h-Alba aig 75.3%⁷⁰, faisg air an ìre as àirde riamh. Bha an ìre cion-cosnaidh cuideachd aig an ìre as ìsle riamh aig 3.4%. Chan eil seo aig an aon ìre air feadh na h-Alba, ge-tà. Chaidh figearan de 1.8% agus 2.1% a chlàradh ann an Arcaibh agus Sealainn, ach chlàraich sgìrean comhairle Siorrachd Àir an Ear, Baile Ghlaschu agus Baile Dhùn Dè figearan de 5.8%, 5.9% agus 6.5%.

Ged nach e ruigsinneachd còmh-dhail do chothroman obrach an t-aon adhbhar airson cion-cosnaidh, tha fianais⁷¹ ann gu bheil cuid de dhaoine a tha a-mach à obair a' faicinn cosgaisean àrd na còmh-dhail do dh'àiteachan cosnaidh mar chnap-starra, gu sònraichte dhan òigridh, dhan fheadhainn air teachd-a-steach ìosal agus do theaghlaichean le clann, agus gu bheil e a' cuingealachadh nan cothroman agus roghainnean cosnaidh a tha rim faighinn.

⁶⁸ GDP – Gross Domestic Product (Làn-thoradh Dùthchail)

⁶⁹ Scottish Government Labour Productivity Statistics, 2018 Quarter 3,

⁷⁰ Labour Market Statistics am Màrt 2019

⁷¹ Tachartas aig Caidreachas na Bochdainn mu Bhochdainn is Còmh-dhail, An Gearran 2019

Ann an sgrùdadh bho chionn ghoirid air cùisean bochdainn còmh-dhail ann an Caisteal Meilc ann am Mòr-sgìre Ghlaschu, chomharraich cha mhòr a h-uile neach-còmh-naidh duilgheadasan le far a bheil an obair aca suidhichte an coimeas ri far a bheil iad a' fuireach, ach cha robh an ìre de 'mhì-chothromachadh spàsail' (*spatial mismatch*) dìreach mar thoradh air an astar bho na sgìrean far a bheil a' mhòr-chuid de dh'obraichean.

A rèir an sgrùdaidh, ged a bha seirbheisean bus cunbhalach aig Caisteal Meilc, ged nach eil seo an-còmh-naidh earbsach, do mheadhan baile Ghlaschu far a bheil mòran obraichean stèidhichte, cha tug na seirbheisean a bh' ann ceanglaichean dìreach no luath do phrìomh àiteachan cosnaidh eile air feadh sgìre a' bhaile-mhòir⁷².

Obair chothromach agus luchd-obrach sgileil

Tha grunn dùbhlain mu choinneimh gnìomhachas na còmh-dhail co-cheangailte ri luchd-obrach sgileil, an dà chuid a thaobh gainnead sgilean ann an cuid de raointean, agus am feum a bhith ag ath-thrèanadh agus ag adhartachadh sgilean luchd-obrach ann an raointean eile. Feumaidh sinn taic a chumail ri roinn còmh-dhail a tha cothromach agus in-ghabhaltach airson luchd-fastaidh agus airson an luchd-obrach.

Tha an àireamh de luchd-obrach ann an gnìomhachas na còmh-dhail a' leigeil dhiubh an dreuchdan no a' fàgail a' ghnìomhachais. Le àireamh nas ìsle de dhaoine òga a' tighinn a-steach dhan gnìomhachas airson a dhol nan àite, tha gainnead sgilean ann agus tha iarrtas a' sìor fhàs airson luchd-obrach le teisteanas agus sgilean iomchaidh. Dh'fhaodadh mì-chinnt mu bhith a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich droch bhuaidh a thoirt air a' mhargadh obrach cuideachd.

Mar eisimpleir, tha ceistean ann mu thràth mu factainneachd luchd-obrach sgileil anns an roinn logastachd agus sgaoileadh, le dragh sònraichte mu bhith a' fastadh dhràibhear HG V teisteanach. Tha an gnìomhachas a' measadh gum bi gainnead ann de dh'eadar 35,000 agus 60,000 dràibhear air feadh na RA ro 2020⁷³.

Chomharraich aithisg Sgrùdadh Alba *Maintaining Scotland's Roads* gu bheil ùghdarrasan rathaidean a' sìor fhàs iomagaineach mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig na lughdachaidhean luchd-obrach a tha ag èirigh bho chuingeadan buidseit. Tha dragh orra mu chall sgilean is eòlas teicnigeach is coimeirsealta, mu sgioba-obrach a tha a' fàs nas sine agus mu mar as urrainn dhaibh luchd-obrach ùr a thàladh agus a thrèanadh. Chan eil clàr meadhanach ann de sgèile an lughdachaidh ann an luchd-obrach glèidhidh rathaidean agus luchd-obrach planaidh còmh-dhail thairis air na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Ach, às an 5,000 neach-obrach comhairle a tha an sàs ann an obair rathaidean aig an àm seo, tha 40 sa cheud nas sine na 50 bliadhna agus chan eil ach 13 sa cheud fo aois 30 bliadhna⁷⁴.

Tha na sgilean obrach a tha a dhìth gus seirbheisean còmh-dhail a lìbhrigeadh ag atharrachadh. Cha bhi feum air iomadh sgil tuilleadh mar thoradh air adhartas teicneòlach agus tionnsgal achdan ùra, mar eisimpleir, an gluasad a dh'fhaodadh a bhith ann gu carbadan fèin-obrachail agus ULEVan. Ged a bu chòir gabhail ris na h-adhartasan sin ann an teicneòlas, feumar ath-thrèanadh agus taic a thoirt do luchd-obrach gus sgilean ùra fhaighinn. Thèid seo a dhèanamh a rèir Ro-innleachd Margaidh Obrach na h-Alba⁷⁵, agus planaichean Obair Choithromach, Beàrn Tuarastail Gnè, agus Plana Gnìomha air Cosnaidh Ciorraim

⁷² Tackling transport-related barriers to work in Scotland, JRF, 2018
<https://www.jrf.org.uk/file/51531/download?token=fjanoiXx&filetype=summary>

⁷³ Shortage occupation list 2018

⁷⁴ Maintaining Scotland's roads, 2016, Audit Scotland, http://www.audit-scotland.gov.uk/uploads/docs/report/2016/nr_160804_maintaining_roads.pdf

⁷⁵ Scotland's Labour Market Strategy, 2016

a tha ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean agus an t-sùbailteachd iomchaidh aig an luchd-obrach againn gus fàs eaconamach cothromach, in-ghabhalach agus seasmhach a libhrigeadh.

Tha sinn airson 's gum bi Alba na dùthaich a bhios air thoiseach air càch air feadh an t-saoghail mar Nàisean Obair Chothromach ro 2025 agus tha pàirt aig roinn na còmh-dhail ri chluich gus na ceithir taobhan de dh'obair chothromach a libhrigeadh:

- tèarainteachd - pàigheadh an fhìor thuarastail bith-beò⁷⁶ do luchd-obrach, gun fheum neo-iomchaidh de chùmh-nantan neoni uair, rèiteachaidhean obrach sùbailte gus co-thaobhadh ri dleastanasan teaghaich is cùraim
- guth èifeachdach - a' toirt cothrom do luchd-obrach guth, aithneachadh aonaidh agus barganachadh pàighidh coitcheann a bhith aca
- coileanadh - cleachdadh èifeachdach de sgilean, tasgadh ann an trèanadh agus adhartachadh dreuchd
- cothrom - modhan fastaidh is taghaidh làidir is cothromach, a' conaltradh ri coimhearsnachdan eadar-mheasgte
- spèis - poileasaidhean agus modhan a tha air an tuigsinn agus air an cur an gnìomh, a tha a' toirt urram do shlàinte, sàbhailteachd agus sunnd; agus spèis do dhòighean-giùlain agus beachdan

Tha sinn airson na cothroman as motha a ghabhail bhon chruth-atharrachadh a dh'adhbharaicheas teicneòlasan ùra agus margaidhean ùra, agus aig an aon àm, tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean ceart an sàs gus taic a thoirt do dhaoine fa leth, do dh'fhastaichean agus dhan eaconamaidh againn.

Mar eisimpleir, tha tèarainteachd saidhbear na ghnìomhachas a tha a' fàs agus thathar an dùil gum bi suas ri 3.5 millean dreuchd bàn san roinn ro 2021⁷⁷.

Tha comas aig Alba brath a ghabhail air na cothroman sin. Tha luchd-obrach làn-uidheamaichte agus làn-sgileil againn a-nis agus tha seo air a bhith a' dol am feabhas thar ùine. Ann an 2018, bha barrachd dhaoine (47.4%) ann an Alba aois 25-64 aig a bheil foghlam treas ìre (ìrean 5-8) na ann an dùthaich sam bith eile san Aonadh Eòrpach⁷⁸.

Malairt agus comas-ceangail

Tha còmh-dhail ro-chudromach na malairt agus farpaiseachd againn, taobh a-staigh na h-Alba, air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha a bhith a' leasachadh shlighean a-steach dhan dùthaich (leithid puirt-adhair, puirt agus prìomh ionadan còmh-dhail) agus ruigsinneachd rathad/rèile do na h-aonadan sin a' cumail taic do luchd-às-mhalairt a bhith a' fàs anns na margaidhean a th' ann agus cothroman a lorg ann am margaidhean ùra.

Tha ceanglaichean malairt làidir aig Alba le 105 dùthchannan thairis air cha mhòr 100 diofar ghnìomhachasan agus roinnean. Tha prìomh mhargaidhean às-mhalairt na h-Alba a' gabhail a-steach peatrail, bathair peatrail agus stuthan co-cheangailte riutha, biadh is deoch agus innealan agus uidheamachd gus cumhachd a dhèanamh, le 38% den às-mhalairt anns na stuthan sin air an cur gu margaidhean an AE.


⁷⁶ Tha am fìor thuarastal bith-beò ga pàigheadh le grunn bhuidhnean còmh-dhail aig an àm seo, faic scottishlivingwage.org/accredited

⁷⁷ Cybersecurity Jobs Report 2018-2021


⁷⁸ EUROSTAT, An uiread de dhaoine aig a bheil foghlam àrd-ìre, aois 25-64, An Giblean 2019

Bha Alba a' malairt luach faisg air £53 billean ann an 2017 taobh a-muigh na⁷⁹, le còrr agus leth (54%) nan às-mhalairt, agus an còrr dhiubh nan in-mhalairt. Chaidh an £28.7 billean de bhathar a chaidh às-phortadh do na margaidhean a chithear gu h-ìosal⁸⁰.

Ceann-uidhe às-bhathair na h-Alba (£ billeanan)



A' phrìomh còig dùthchannan airson às-phortachadh



Clàr 9: Às-mhalairt na h-Alba⁸¹

Tha an sgrìobhainn a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid *A Trading Nation*⁸² a' mìneachadh plana Riaghaltas na h-Alba gus às-mhalairt à Alba àrdachadh bho 20% de GDP gu 25% de GDP ro 2029. Tha am plana a' mìneachadh nam prìomh 15 dùthchannan, le dàrna buidheann de 11 dùthaich le cothroman roinneil sònraichte, far am bi Riaghaltas na h-Alba agus a chom-pàirtichean a' cuimseachadh taic às-mhalairt. Tha am plana cuideachd a' cur an cèill roinnean prìomhachais airson às-mhalairt Albannach agus tha e a' cur air adhart dòigh-obrach stèidhichte air roinnean airson taic le às-mhalairt.

Gus suidheachadh farpaiseach na h-Alba a chumail suas, feumaidh sinn a dhèanamh cho furasta 's a ghabhas do chompanaidhean Albannach gnìomhachas a dhèanamh thall thairis agus do chompanaidhean cèin gnothachas a dhèanamh an seo. Tha sinn cuideachd airson 's gum bi e cho furasta 's a ghabhas dhan chòrr den t-saoghal a bhith a' tadhal air, a' fuireach agus ag obair ann an Alba. Tha a' mhì-chinnt mun dàimh eadar Alba agus an AE san àm ri teachd a' toirt buaidh air malairt agus co-cheangailteachd leis an AE agus air margaidhean cruinneil mar thoradh air gnìomhan leantainneach na RA mu bhith fàgail na AE.

⁷⁹ Scotland: A Trading Nation – A plan for growing Scotland's exports, 2019

⁸⁰ Nòta: tha na Tìrean Ìosal cudromach gu ìre mar thoradh air cho cudromach 's a tha Rotterdam mar phrìomh àite airson a bhith a' gluasad bathar air adhart.

⁸¹ Transporting Scotland's Trade, Còmh-dhail Alba, 2018

⁸² A Trading Nation – a plan for growing Scotland's exports, Riaghaltas na h-Alba, 2019

Tha dùbhlann sònraichte ann le dìth nan slighean bathair agus logastachd dhan Roinn Eòrpa, le Alba an-dràsta an eisimeil slighean tro Shasainn airson a' mhòr-chuid de dh' in-mhalairt agus às-mhalairt.

Feumaidh sinn leantainn oirnn leis na rudan air a bheil sinn math agus feumaidh sinn dèanamh nas fheàrr far an urrainn dhuinn. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' cur ri ceangailteachd thar na h-Eòrpa le prìomh mhòr-bhailtean gnìomhachais agus leis na dùthchannan a tha cudromach airson turasachd a-steach.

Tha sinn cuideachd airson ceanglaichean nas fheàrr a bhith ann le prìomh phuirt-adhair leithid Heathrow, Amsterdam, Frankfurt agus Dubai, ag aithneachadh gu bheil feum aig Alba an dà chuid air slighean dìreach agus air ceangal tro phrìomh phuirt-adhair eile.

Bathar

Tha gluasad èifeachdach bathair riatanach airson fàs eaconamach seasmhach. Tha e riatanach do gnìomhachasan gun ruig an cuid bathair a' mhargaid aig an àm cheart agus gun nochd an cuid solair nuair a tha iad an dùil ris. Tha gluasad èifeachdach airson bathair ro-chudromach do luchd-ceannach, an dà chuid a thaobh a bhith a' libhrigeadh stuthan do na bùitheadh agus, nas trice san latha a th' ann, dìreach do dhachaighean.

Tha bathar air a ghluasad taobh a-staigh na h-Alba le rathad agus rèile, cho math ri adhar, a' mhuir agus slighean-uisge a-staigh dhan tìr. Tha grunn rudan a' toirt buaidh air a' phàtran gluasaid iom-fhillte seo, a' gabhail a-steach iarrtasan agus àiteachan luchd-ceannach, logastachd agus stiùireadh sèine solair, leasachaidhean ann an teicneòlas logastachd agus riaghladh shiostaman còmh-dhail.

Bidh lìonra còmh-dhail na h-Alba a' cumail taic ris an obair aig còrr is 360,000 gnìomhachas. Bidh dàilichean anns an t-siostam còmh-dhail againn a' toirt buaidh mhòr air companaidhean le bathar a dh'fheumas a bhith air a libhrigeadh aig an àm cheart agus chun na h-ìre càileachd ris a bheil an luchd-ceannach an dùil, leithid na companaidhean ann an roinnean tuathanachais is iasgaich.

Ann an 2016, bha am bathar air fad (gun a bhith a' gabhail a-steach pìoban no rèile) a chaidh a thogail ann an Alba os cionn 271 millean tunna. B' e bathar rathaid a' chuibhreann a bu mhotha (204 millean tunna) air a leantainn le muir (67 millean tunna) agus an uair sin adhair (55,000 tunna). Chaidh a' mhòr-chuid den bhathar a chaidh a thogail ann an Alba (107.6 millean tunnaichean) a ghiùlan air rathad agus dh'fhuirich e taobh a-staigh Alba.

Feumaidh an Ro-innleachd againn dèanamh cinnteach gu bheil bathar, mar phrìomh phàirt den t-siostam còmh-dhail againn, air a riaghladh agus air a libhrigeadh gu h-èifeachdach gus taic a chumail ri coileanadh gnìomhachais agus gus cur ri eaconamaidh shoirbheachail.

Thathas an dùil gun àrdaich an àireamh de thursan carbaid bathair, ma thèid fhàgail gun bhacadh, gus a' bhliadhna 2037⁸³, ge-tà, a bheir droch bhuidh air amannan siubhail agus dàil aig prìomh amannan. Le cho cudromach 's a tha gnìomhachas giùlan bathair na h-Alba dhan eaconamaidh, bidh buaidh aig na factaran sin aig a' cheann thall air coileanadh na roinne bathair mura tèid dèiligeadh riutha.

⁸³ Transport Forecasts, Còmh-dhail Alba 2018

Bidh buaidh air an àrainneachd cuideachd. Ann an 2017, bha eimiseanan HGV 3.5% nas àirde ann an 2016 agus 5.2% os cionn na bun-loidhne bho 1990. Bha eimiseanan bho LGVs 6.5% nas àirde na 2016 agus 95.6% nas àirde na a' bhun-loidhne bho 1990. Tha am fàs ann an eimiseanan bho charbadan bathar aotrom ann mar thoradh air leudachadh ann an cilemeatairean-carbaid.

Taobh a-staigh bathair, mar as trice, thèid carbadan nas motha a chleachdadh airson tursan fada agus airson sgaoileadh roinneil na thèid a chleachdadh airson libhrigidhean bailteil. Gu dearbh, tha a' mhòr-chuid de bhathar rathaid air a ghluasad ann an HGVan le cuideam nas motha na 3.5 tonna, mar as trice carbadan artaigeach air a dhèanamh suas de aonadan tractar agus trèilear fa leth. Tha factainneachd pàirceadh thar-oidhche a tha sàbhailte is tèarainte na dùbhlann mòr airson HGVan slighe-fhada.

Ach ged a tha tursan bathair fada a' dèanamh suas a' mhòr-chuid de mhìltean agus a' cleachdadh nan carbadan as motha, tha na buaidhean sòisealta agus àrainneachdail nas fharsainge aig sgaoileadh bailteil agus sgaoileadh mìle mu dheireadh nas fhaicsinniche dhan phoball, leis gum faod fàs trafaig bathair ann an sgìrean bailteil trang cur ri dùmhachd agus truailleadh adhair. Ged a tha a' mhòr-chuid den sgaoileadh mìle mu dheireadh ann an sgìrean bailteil air a ghabhail os làimh le carbadan coimeirsealta aotrom, agus barrachd is barrachd le teachdairean baidhsagal, tha mòran dhe fhathast air a dhèanamh le HGVan, ag adhbharachadh dùmhachd agus droch bhuidh air càileachd adhair. Tha seo gu sònraichte doirbh aig prìomh amannan siubhail nuair a tha coimiutairean a' siubhal a dh'obair agus a tha clann air an t-slighe dhan sgoil. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil bathar cudromach airson soirbheas na h-eaconamaidh againn, ach feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun tèid aghaidh a chur air an droch bhuidh a bhios aig gluasad nan carbadan bathair.

Turasachd

Feumaidh còmh-dhail a bhith comasach air dèiligeadh ris an àireamh nas motha de dhaoine a tha a' tadhal air Alba, tòrr aca a' cleachdadh còmh-dhail phoblach. Ann an 2018, chuir Alba fàilte air còrr is 3.5 millean luchd-siubhal a dh'fhuirich ann an Alba airson co-dhiù oidhche, leudachadh de 10% bhon bhliadhna roimhe sin⁸⁴.

Bheir còmh-dhail taic fìor chudromach do thurasachd. Tha e a' toirt cothrom do dhaoine tighinn a dh'Alba agus a bhith a' siubhal taobh a-staigh na dùthcha agus gus eòlas fhaighinn air an iomadh sealladh agus goireas san dùthaich againn. Bu chòir toirt fa-near cuideachd gu bheil còmh-dhail fhèin na adhbhar airson turasachd. Mar eisimpleir, bidh Drochaidean Fhoirthe, Taigh-tasgaidh Taobh na h-Aibhne (na còmh-dhail) agus Drochaid Ghleann Fhionnainn uile a' tarraing dhaoine a dh'Alba.

Tha turasachd bhon chòrr den RA agus nas fhaide air falbh a' cur gu mòr ris an eaconomaidh againn agus chaidh còrr is £10 millean a chosg ann an 2018⁸⁵. Ged a tha a' mhòr-chuid den luchd-turais a bhios a' tadhal air Alba a' tighinn bho thaobh a-staigh na RA, tha dàta a' sealltainn gu bheil daoine à thall-thairis mar as trice a' tighinn bho dhùthchannan aig a bheil ceangal malairt làidir ri Alba. Ann an 2017, thàinig còrr is 46% den luchd-tadhail a dh'Alba bho thè de na dùthchannan as motha a nì in-mhalairt is às-mhalairt le Alba (Sìona,

⁸⁴ Scotland's Tourism Summary Report, Visit Scotland 2019.
<https://www.visitscotland.org/binaries/content/assets/dot-org/pdf/research-papers-2/2018-national-tourism-stats-summary.pdf>

⁸⁵ ibid

An Fhraing, a' Ghearmailt, Na Tìrean Ìosal, Nirribhidh agus na Stàitean Aonaichte). Chosg an luchd-tadhail seo £1.2 billean uile gu lèir - mun dàrna leth den airgead air fad a chosg luchd-tadhail eadar-nàiseanta ann an 2017⁸⁶.

Bidh a' mhòr-chuid de luchd-turais bhon RA a' tighinn air còmh-dhail rathaid. Is e siubhal air plèana an dòigh còmh-dhail as cumanta airson luchd-tadhail eadar-nàiseanta a dh'Alba. Bho 2002, tha an àireamh de luchd-tadhail eadar-nàiseanta a tha a' siubhal a dh'Alba air plèana air dùblachadh (+ 118%), ach tha na h-àireamhan a tha a' tighinn air bàta agus tro Thunail a' Chaolais air fuireach cha mhòr aig an aon ìre. Ged a tha siubhal a dh'Alba air an rathad-iarainn aig ìre ìosal airson luchd-tadhail eadar-nàiseanta, tha e nas àirde dhaibhsan a tha a' siubhal taobh a-staigh na RA⁸⁷.

Gus dèanamh cinnteach gun lean sinn oirnn a bhith a' cur fàilte air àireamh nas motha de luchd-siubhail eadar-nàiseanta, feumaidh sinn na ceanglaichean adhair cudromach againn a chumail agus slighean ùra a bhith againn, ach aig an aon àm, feumaidh sinn ceuman a ghabhail gus a' bhuaidh àrainneachdail aig turasachd eadar-nàiseanta a lùghdachadh.

Feumaidh sinn aithneachadh gun toir am fàs ann an luchd-turais buaidh air an t-siostam còmh-dhail againn. Tha daoine ann an grunn choimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach a' faicinn crìonadh a' tighinn air na lìonraidhean rathaid leis an trafaig a' dol am meud, gu sònraichte càraichean, carabhan agus dachaighean-motair a tha tòrr nas motha agus nas truime, cho math ri cuingealachadh air comas-lìonaidh a thaobh carbadan air aiseagan.

Mar sin, ged a tha e cudromach gun lean sinn oirnn a bhith a' cur fàilte air luchd-turais, agus gum faigh sinn buannachd na turasachd, feumaidh an siostam còmh-dhail againn a bhith freagarrach airson nan àireamhan a tha a' fàs agus air na treandaichean a tha ag atharrachadh anns an t-seòrsa de làithean saora a bhios aig daoine agus na h-àiteachan air am bi iad a' tadhal. Mar eisimpleir, tha sinn airson an iarrtais a tha a' fàs airson turasachd coiseachd agus rothaireachd a choileanadh, agus cuideachd airson nam buannachdan a cho-roinn air feadh na h-Alba.

Digiteach agus lùths

Cha ghabh siostam còmh-dhail a thogail ann an Alba a tha a' freagarrachadh ris na feumalachdan atharrachail agus eadar-dhealaichte againn mur a bi sinn a' coimhead air factaran eile a tha a' toirt buaidh air a' chùis. Feumar coimhead air còmh-dhail còmhla ri iomairtean agus ro-innleachdan eile, a' gabhail a-steach lùth agus didseatach.

Thairis air àm na Ro-innleachd seo, bheir atharrachaidhean ann an conaltradh agus teicneòlasan didsiteach buaidh a cheart cho mòr ri còmh-dhail air càite am bi agus cuine a tha daoine ag obair. Bidh buaidh mhòr aig na h-atharrachaidhean sin air mar a bhios na companaidhean a' dèanamh malairt agus air na companaidhean ris am bi iad a' dèanamh malairt. Tha faotainneachd ceangailteachd fòn-làimhe air feadh lìonra na còmh-dhail na prìomh chomasaiche airson gabhail ri teicneòlasan ùra. Mar eisimpleir, tha leasachaidhean ann an dàta siubhail didseatach agus dòighean anns an an cuir sinn siubhal air dòigh tro àrd-ùrlaran didseatach a' toirt fàs air gluasadachd mar sheirbheis.

⁸⁶ Transporting Scotland's Trade, Transport Scotland, 2018
<https://www.transport.gov.scot/publication/transporting-scotland-s-trade/>

⁸⁷ ibid

Tha sinn a' faighinn leudachadh nach beag de dhaoine ag obair aig an taigh agus de phàtranan obrach nas sùbailte. Tha sinn cuideachd a' faicinn atharrachadh anns na cleachdaidhean seopadaireachd aig daoine agus barrachd rudan gan ceannach air-loidhne agus gan libhrigeadh do dhaoine aig an taigh no san àite-obrach aca. Tha na cleachdaidhean seo a' dol an àite cuid den t-siubhal phearsanta a nì sinn le càr no còmh-dhail phoblach le barrachd còmh-dhail bathar aotrom ann. Tha na h-atharrachaidhean seo mar thoradh air barrachd cleachdadh de teicneòlasan nas fheàrr.

Ach tha na h-atharrachaidhean seo ann an pàtranan obrach traidiseanta a' cruthachadh iarrtasan ùra agus eadar-dhealaichte air an t-siostam còmh-dhail againn, mar eisimpleir, le nas lugha de choimiutairean aig na prìomh amannan siubhail. Bidh iad, ge-tà, a' cruthachadh iarrtasan airson siubhail aig amannan eadar-dhealaichte agus ann an dòighean eadar-dhealaichte, agus modhan agus amannan siubhail agus pàtranan siubhail ag atharrachadh. Tha seo a' toirt buaidh air cho faisg air an àite-obrach aca 's a tha daoine airson fuireach.

Feumaidh an siostam còmh-dhail againn lùth airson a bhith ag obair gu h-èifeachdach. Tha Alba air thoiseach air càch a thaobh a bhith a' brosnachadh charbadan dealain agus carbadan eile le eimiseanan ìosal,⁸⁸ le amas cuir às dhan fheum air càraichean is bhanaichean peatrail is dìosail ùr ro 2032. Tha an t-àrd-amas seo a' cheart cho ceangailte ri miannan lùths 's a tha e ri miannan còmh-dhail. Mar an ceudna, tha prògram susbainteach agus leantainneach ann de bhith a' dealanachadh an lionra rèile, le mu 75% de na tursan làitheil a dh'obair ann an Alba a-nis air an dèanamh ann an trèanaichean dealanach.

Gus an t-àrd-amas seo a choileanadh, feumaidh Alba am bun-structar teàirrdsaidh agus bun-structair lionra eile a tha a dhìth a thogail agus a riaghladh, agus aig an aon àm, a bhith a' brosnachadh mothachadh agus misneachd am measg nan coinsiumairean. Feumaidh e a bhith a' gabhail a-steach eòlaichean le uallach airson poileasaidh còmh-dhail a libhrigeadh, luchd-saothrachaidh charbadan, an fheadhainn le uallach airson cumail suas agus obrachadh nan lìonraidhean, companaidhean còmh-dhail, agus luchd-dèanaimh agus -sgaoilidh dealain, a bharrachd air luchd-cleachdaidh seirbheisean còmh-dhail.

The Scottish Energy Strategy: Tha *The future of energy in Scotland* ann an Alba⁸⁹ ag ainmeachadh dà thargaid ùr airson an t-siostam lùtha againn ro 2030, aon dhiubh co-ionann ri 50% den lùth airson ar teas, còmh-dhail agus caitheamh dealain a chruthachadh bho stòran ath-nuadhachail, agus feumaidh an siostam còmh-dhail a phàirt a chluich.

Dealbhadh Spàsail

Bheir dealbhadh agus leasachadh buaidh mhòr air an t-siostam siubhail againn. Bidh na h-àiteachan far an tog sinn taighean, na h-àiteachan far am bi sinn a' cur sgoiltean agus ospadalan, agus far am bi sinn a' togail oifisean agus factaraidhean airson obair a' toirt buaidh air na roghainnean mu na seòrsaichean turais a nì sinn, cuin a bhios sinn gan dèanamh agus mar a bhios sinn gan dèanamh.

Nuair a nithear co-dhùnaidhean air dealbhadh, mar phrìomhachas, feumar beachdachadh air a' bhuaidh a bhios aca air còmh-dhail. Nuair a thathar a' comharrachadh làraichean airson a bhith a' togail taighean, àiteachan obrach, sgoiltean agus ospadalan, feumaidh cùisean còmh-dhail a bhith aig cridhe nan co-dhùnaidhean agus aig ìre cho tràth 's a ghabhas.


Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dealbhadh àiteachan le sùil air far am bi daoine a' siubhal dhan àite agus bhon àite.

⁸⁸ Switched on Scotland Phase 2: An action plan for growth, Scottish Government 2017

⁸⁹ Scottish Energy Strategy: The future of energy in Scotland, 2017

Mar an ceudna, bu chòir ruigsinneachd còmh-dhail buaidh a thoirt air àite agus cruth nan leasachaidhean. Is urrainn còmh-dhail cuideachadh le obair dealbhaidh agus togail agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na coimhearsnachdan againn seasmhach. Is urrainn dhan t-siostam còmh-dhail ceuman a chur an sàs a bhios a' dì-mhisneachadh dhaoine bho bhith a' ceannach no a' cleachdadh chàraichean. Gabhaidh a dhealbhadh gus an urrainn do luchd-obrach san sgìre, agus luchd-tadhail dhan sgìre, a bhith air an tarraing do roghainnean còmh-dhail phoblach no còmh-dhail phoblach an àite càraichean priobhaideach. Is urrainn dhan t-siostam còmh-dhail dèanamh cinnteach gu bheil àiteachan furasta ruigsinn gun a bhith a' cleachdadh càr. Is urrainn ceanglaichean làidir le dealbhadh spàsail, a' gabhail a-staigh Frèam-obrach Nàiseanta an Dealbhaidh agus planaichean leasachaidh ionadail ar cuideachadh gus na dùbhlain sin a thuigsinn agus gus dèiligeadh riutha.

Mar eisimpleir, air feadh na dùthcha, chan eil ach 60% de dhaoine a' meas gu bheil ruigsinneachd air seirbheisean euslaintich tadhail ann an ospadalan goireasach no fìor ghoireasach. Tha seo a' dol sìos gu 46% ann an àiteachan dùthchail iomallach. Tha e na chùis shònraichte airson muinntir nan eilean gum feum iad seirbheisean eadar-eileanach agus seirbheisean gu tìr-mòr a chleachdadh gus cothrom fhaighinn air seirbheisean slàinte⁹⁰.



Clàr 10: Ruigsinneachd air seirbheisean euslaintich tadhail ann an ospadalan⁹¹

⁹⁰ Bho chom-pàirteachadh le Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus eile air NTS2.

⁹¹ Transport and Travel in Scotland 2016, Clar 33

Uile gu lèir, bu chòir an siostam còmh-dhail, agus beachdachadh air feumalachdan còmh-dhail dhaoine san àm seo agus san àm ri teachd a bhith aig cridhe cho-dhùnaidhean dealbhaidh gus dèanamh cinnteach gum bi àiteachan seasmhach.

Earbsachd agus stiùireadh iartais

'S e a th' ann an siostam còmh-dhail earbsach ach siostam far an urrainn do dhaoine a dhol do na h-àiteachan dha bheil iad ag iarraidh a dhol, nuair a tha iad ag iarraidh, agus gun ruig iad an cheann-ùidhe aca air an uair. Tha seo gu sònraichte cudromach do dhaoine air a bheil ciorraman - inntinn no corpóra oir tha cunbhalachd air leth cudromach.

Feumaidh gnìomhachasan earbsachd cuideachd, oir feumaidh comas a bhith aca am bathar aca a libhrigeadh do luchd-ceannach air an uair no le glè bheag de dhàil agus bu chòir dhaibh bathar fhaighinn bho sholaraichean nuair a dh'fheumas iad e.

Le ìre nas lugha de dhùmhlachd-trafaig, 's urrainn seo cur ri earbsachd agus amannan siubhail nas giorra airson bhusaichean agus luchd-cleachdaidh rathaid-eile, ag adhbharachadh chosgaisean nas ìsle, ìrean tarbhachd agus farpaiseachd nas àirde, agus taic ri fàs eaconamach. Is urrainn dha cur ri in-tasgadh agus cuideachadh gus malairt a bhrosnachadh.

Eadar 2015 agus 2017, bha dàil air 12% de na tursan càr iomlan aig dràibhear. Airson tursan a rinneadh a dh'obair no airson gnìomhachasan, tha am figear ag èirigh gu 22% agus 16%.

Tha rannsachadh air sealltainn bho chionn ghoirid gu bheil dùmhlachd-trafaig shusbainteach ann an cuid de chathair-bhailtean na h-Alba agus gu bheil seo ag adhbharachadh dhuilgheadasan eile⁹². Tha liosta gu h-ìosal de na factaran co-cheangailte air cosgais na dùmhlachd-trafaig ann an Alba:


- B' e Glaschu am baile leis an treas ìre as miosa de dhùmhlachd-trafaig san RA agus b' e Dùn Èideann am baile san t-siathamh àite
- ann an Glaschu ann an 2017, gu cuibheasach chaill gach dràibhear 99 uairean a thìde mar thoradh air dùmhlachd. Bha seo air àrdachadh 4% bho 2016. Cosgaidh dùmhlachd-trafaig £736 do gach dràibhear gach bliadhna
- taobh a-muigh Lunnainn, b' e Great Western Road ann an Glaschu an trannsa còmh-dhail leis an ìre dùmhlachd-trafaig as miosa ann am mòr-bhailtean na RA⁹³
- ann an Dùn Èideann ann an 2017, gu cuibheasach chaill gach dràibhear 165 uairean a thìde mar thoradh air dùmhlachd. Bha seo air lùghdachadh 10% bho 2016. Chaidh a thuairmseachadh gun cosgadh seo £1,219 do gach dràibhear

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn an atharrachadh sa cheud ann an cilemeatairean carbaid air rathaidean na h-Alba bho 2007. Ged a lùghdaich ìre na trafaig eadar 2007 agus 2011 aig àm an t-seargaidh eaconamaich, tha leudachadh air a bhith ann gach bliadhna bhon uair sin, leis an leudachadh as motha ann an 2017 nas àirde na 10%. Thathar a' sùileachadh gun èirich ìre na trafaig barrachd. Bheir barrachd trafaig droch bhuaidh air earbsachd tro dhùmhlachd-trafaig a bharrachd agus tro bharrachd obair-chàiridh mar thoradh air cuideam a bharrachd air èifeachdas obrachail an lionra.

⁹² INRIX 2018 Global Traffic Scorecard <http://inrix.com/scorecard/>

⁹³ Tha an anailis Inrix a' cur fòcas air mòr-bhailtean a-mhàin agus chan eil e a' mineachadh dùmhlachd-trafaig taobh a-muigh nam mòr-bhailtean

Atharrachadh bliadhnaile ann am milleanan de chilemeatairean carbaid a rinneadh air an rathad



Clàr 11: Atharrachadh sa cheud de thrafaig rathaid bhon bhun-bhliadhna 2007⁹⁴

Feumar dèiligeadh ris na gluasadan a th' ann an-dràsta, agus a tha ro-mheasta, a thaobh an uiread de thursan càr, agus ris an droch bhuaidh a bheir seo air coileanadh ar gnìomhachasan agus èifeachdas na còmhhdail poblach. Chan eil e na roghainn tuilleadh gun a bhith a' gabhail ceumannan gus iarrtas airson chàraichean a chleachdadh a riaghladh gu h-èifeachdach. Feumaidh sinn beachdachadh air roghainnean eile a bhios a' brosnachadh dhràibhearan a tha leotha fhèin ann an càr, bho bhith a' dèanamh nan tursan aca sa chàr far an gabh seo a dhèanamh.


Thathar ag aithneachadh gu bheil e deatamach do chuid againn càr a chleachdadh, a' gabhail a-steach daoine air a bheil ciorram, agus feumaidh an siostam còmhhdail againn gabhail ri sin. Ach, airson tòrr dhaoine eile, tha roghainnean eile ann. Feumaidh sinn uile uallach a ghabhail airson nan gnìomhan againn agus airson na buaidh a bhios aig na co-dhùnaidhean siubhail againn, le bhith a' beachdachadh an toiseach a bheil feum air an turas idir agus, an uair sin, a' co-dhùnadh an dòigh as seasmhaiche gus an turas sin a dhèanamh.

Tha earbsachd cuideachd na ceist air an lionra rèile agus tha dàta a' sealltainn dhuinn gu bheil seo air lùghdachadh bho àirde de 93% ann an 2013 gu beagan is 87% ann an 2019⁹⁵, ged a tha seo gu ìre mhòr a rèir co-theacsa de chrìonadh ìrean coileanaidh anns a' chòrr den lionra ann am Breatainn cuideachd.

⁹⁴ Scottish Transport Statistics No 37 2018, Clàr 5.1: Trafaig (cilemeatairean carbaid) a rèir clas agus seòrsa rathaid

⁹⁵ Is e an Tomhas Coileanaidh Poblach (Public-Performance-Measure PPM) an slat-tomhais àbhaisteach aig a' ghnìomhachas airson a bhith ag aithris air coileanadh. Bidh e a' cunntadh a h-uile trèana a ruigeas taobh a-staigh còig mionaidean den ùine coileanaidh clàraichte (deich mionaidean airson nan TOCan a ruitheas trèanaichean astar fada), an coimeas ris an àireamh de thrèanaichean a gu bhith air an ruith. Tha an dàta a dh'aithris Oifis an Rathaid agus Rèile airson Alba airson cead-ruith ScotRail, a bhios a' ruith 95% de na trèanaichean a tha air an ruith ann an Alba.

Slatan-tomhais Coileanadh Poblach bhon Mhàirt 2009



Clàr 12: Coileanadh Rèile:

Sàbhailteachd agus tèarainteachd

Feumaidh siostam còmh-dhail na h-Alba a bhith sàbhailte. Ann an 2018, chaidh 8,402 leòntan agus bàsan ann an tubaistean rathaid a chlàradh ann an Alba, lùghdachadh de 11% bho 2017⁹⁶. B' e seo cuideachd an ìre a b' isle de dhaoine air an leòn is air am marbhadh bho thòisich clàran ann an 1950. Ach ged a chaidh na h-àireamhan iomlan an lughadh, bha 160 bàs ann - leudachadh de chòrr is 10% thairis air a' bhliadhna mu dheireadh.

Bidh tubaistean rathaid ann an Alba a' toirt fìor dhroch bhuaidh air daoine fa leth, air teaghlaichean agus air an t-sòisealtas air fad. Tha neo-ionannachd mhòr ann cuideachd le clann anns na sgìrean as bochda ann an Alba faisg air trì uimhir nas dualtaiche a bhith air an goirteachadh le trafaig rathaid na an fheadhainn anns na sgìrean as beartaiche.

Nuair a bhios daoine a' siubhal, cha bu chòir dragh mu, no cunnart bho, eucoir ann. Tha boireannaich agus daoine air a bheil ciorram, mar eisimpleir, nas dualtaiche fulang bho bhochdainn còmh-dhail. Chan eil iad cho dualtach dràibheadh agus tha iad nas dualtaiche còmh-dhail poblach a chleachdadh, busaichean gu sònraichte. Ach, tha gu leòr boireannaich is daoine air a bheil ciorram nach eil a' faireachdainn sàbhailte nuair a tha iad a' cleachdadh còmh-dhail phoblach. Tha seo gu sònraichte fìor aig stadan bus no stèiseanan rèile aig a bheil droch sholas, a tha iomallach agus nach eil gan cleachdadh gu tric aig amannan sònraichte den latha no a tha suidhichte ann an àiteachan a thathar a' meas nach eil sàbhailte.

⁹⁶ Key Reported Road Casualties Scotland 2018, Transport Scotland Statistical Bulletin 2019

Tha rannsachadh air nochdadh⁹⁷ gu bheil clann air chois no air baidhsagal còrr is trì uiread nas buailtiche a bhith an sàs ann an tubaist trafaig anns na 20% de sgìrean as bochda ann an Alba na sna 20% de sgìrean as beartaiche.


Tha an siostam còmh-dhail a' fàs nas digitiche cuideachd. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil e tèarainte a thaobh eucoir-shaidhbear airson luchd-cleachdaidh m. e. fiosrachadh banca mu luchd-siubhail rèile nuair a bhios iad a' glèidheadh thiogaidean air-loidhne, agus companaidhean còmh-dhail a bhios a' dèanamh barrachd feum de theicneòlas agus dàta gus na seirbheisean aca a ruith.

Slàinte agus siubhal gnìomhach

Tha cho cudromach 's a tha siubhal gnìomhach a' fàs nas follaisiche bho rannsachadh air a' bhuidh aig neo-ghnìomhachd chorpóra. Thathar a' meas gum bi neo-ghnìomhachd chorpóra air cur ri còrr is 2,500 bàs tràth gach bliadhna⁹⁸. A rèir Riaghaltas na h-Alba, tha neo-ghnìomhachd chorpóra a' cosg mu £94.1 do NHS na h-Alba gach bliadhna⁹⁹. Tha seo co-ionann ri cosgais chuibheasach de £18 airson gach duine ann an Alba gach bliadhna.

Cha bhi an treas cuid de dh'inbhich na h-Alba a' coileanadh nam molaidhean anns an stiùireadh airson gnìomhachd chorpóra meadhanach no làidir agus tha neo-ionannachd ann, le daoine a tha a' fuireach anns na sgìrean as beartaiche nas dualtaiche na molaidhean ann an stiùireadh an Àrd Oifigeir Mheidigeach airson gnìomhachd chorpóra a choileanadh¹⁰⁰.

Gnìomhachd chorpóra mheadhanach no làidir



Choilean dà thrian (65%) de dh'inbhich na molaidhean san stiùireadh airson Gnìomhachd chorpóra mheadhanach no làidir (MVPA - Moderate or Vigorous Physical Activity) ann an 2017, àrdachadh beag bho 2012 (62%)

Clàr 13: Gnìomhachd chorpóra


⁹⁷ Investing in cycling to tackle transport poverty and promote equity, An Cèitean 2019

⁹⁸ Scottish Health Survey: Topic Report: Physical Activity, An t-Samhain 2014

⁹⁹ NHS Health Scotland, 2013

¹⁰⁰ Scottish Health Survey 2017

Thairis air na beagan dheicheadan mu dheireadh, tha sinn air a bhith an eisimeil a' chàir gu ìre mhòr agus tha seo air aon de na h-adhbharan nach eil Alba cho gnìomhach mar nàisein. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn mar a shiubhail daoine a dh'obair a rèir modh ann an 2017¹⁰¹. Uile gu lèir, bidh dà thrian de choimiutairean a' siubhal a dh'obair ann an càr no bhan, an taca ri dìreach 12% a bhios a' coiseachd agus 3% a bhios a' rothaireachd.



Clàr 14: Modh còmhhdail airson a dhol a dh'obair ann an 2017

Ann an 2017, rinneadh 290 millean cilemeatair carbaid air rathaidean na h-Alba air baidhsagalan¹⁰². Bha seo 6.5% nas ìsle na ann an 2012.

Tha an *Preventing Overweight and Obesity in Scotland Strategy* ag ràdh gur e tè de na dòighean as èifeachdaiche gus an 30 mionaidean de dh'eacarsaich mheadhanach a tha a dhìth gach latha a bhith a' lùghdachadh an fheum a nì daoine air còmhhdail motair, ag atharrachadh nan dòighean-siubhail làitheil gu coiseachd agus rothaireachd.

Tha tòrr thursan gu math goirid agus ghabhadh an dèanamh le bhith a' coiseachd agus a' rothaireachd nas trice. Tha beagan a bharrachd air 33% de thursan nas giorra na 1km air

¹⁰¹ Scottish Transport Statistics 2018, Clàr 11.18: Inbhich (16+) nach eil ag obair bhon taigh – an dòigh siubhail àbhaisteach a dh'obair: 2017. 'S e tursan a dh'obair tro mhodhan eile, mar eisimpleir, motar-baidhsagal, aiseag agus tagsaidh a th' anns a' chòrr.


¹⁰² Transport and Travel in Scotland 2017, Clàr i: Trafaig agus àireamh an luchd-siubhail ann an Alba, 2012 gu 2017

an dèanamh ann an càr (an dàrna cuid mar dhràibhear no mar neach-siubhail)¹⁰³.
Tha seo a' dol suas ri còrr is 50% nuair a tha an turas eadar 1km agus 2km.

Is urrainn atharrachaidhean beaga ann an dol-a-mach dhaoine buaidh mhòr a thoirt air slàinte is sunnd an neach fa leth. Do dh'inbhidh, ma gheibh iad 150 mionaid de ghnìomhachd corporra meadhanach gu cruaidh gach seachdain, cuidichidh seo le bhith a' cur casg air agus a' riaghladh còrr air 20 suidheachadh slàinte leithid tinneas cridhe coronach, stròc, tinneas an t-siùcair seòrsa-2, aillse, ro-reamhrachd, agus suidheachaidhean fhèithean is a' chnàmhlaidh. Is urrainn dha cuideachd buaidh shusbainteach a thoirt air sunnd dhaoine¹⁰⁴. Gu cudromach, thathar a' meas gun èireadh dùil-beatha na h-Alba le còrr is bliadhna, leis an ìre de neo-ghnìomhachd mar a tha e an-dràsta¹⁰⁵.

Aig an àm seo, bidh còrr is cairteil de chloinn (26%) a' siubhal dhan sgoil ann an càr¹⁰⁶. Ghabhadh tòrr de na tursan seo a dhèanamh le bhith a' coiseachd no a' rothaireachd. Tha e gu sònraichte cudromach gun ionnsaich daoine dòighean fallain fhad 's a tha iad òg. Tha e coltach gun lean na dòighean-giùlain seo nuair a tha iad nas sine. Tha rannsachadh a' sealltainn nach fhaigh mu chairteal den chloinn eadar aois 5 agus 15 a' ghnìomhachd corporra a thathar a' moladh thairis air an t-seachdain agus gu bheil seo a' dol am miosad le aois¹⁰⁷.

Chaidh an uiread de chloinn a bha a' coileanadh an stiùiridh air gnìomhachd corporra sìos a rèir aois



Clàr 15: An uiread de chloinn a tha a' coileanadh an stiùiridh air gnìomhachd corporra¹⁰⁸

¹⁰³ Transport and Travel in Scotland 2017, Clàr TD2a: Àireamh sa chiad de thursan a rèir a' phrìomh mhodh, a rèir astar air an lionra rathaid, 2017

¹⁰⁴ Buidheann Slàinte an t-Saoghail 2018

¹⁰⁵ The Lancet Series: Physical Activity, July 2012

¹⁰⁶ Transport and Travel in Scotland 2017, Clàr 1: Geàrr-chunntas den t-Suirbhidh Dachaigh Albannach

¹⁰⁷ 2016 Scottish Health Survey

¹⁰⁸ 2016 Scottish Health Survey

Tha ceangal eadar bochdainn agus cothrom air rothair. Mar as motha a tha teachd a-steach na dachaigh, 's ann as àirde a tha an cothrom aca air baidhsagalan. Tha cothrom aig 60% de dhachaighean le teachd a-steach de £40,000 no barrachd air co-dhiù aon bhaidhsagal, an taca ri 16% de dhachaighean le teachd a-steach suas ri £10,000¹⁰⁹. Tha ruigsinneachd air baidhsagalan nas àirde ann an sgìrean dùthchail na ann an sgìrean bailteil.

Tha ceanglaichean ann cuideachd eadar teachd a-steach na dachaigh agus daoine a' coiseachd airson spòrs no airson fallaineachd. Airson na feadhainn le teachd a-steach bliadhna de £10,000 no nas lugha, bidh 58% a' coiseachd no a' rothaireachd air co-dhiù aon latha gach seachdain. Airson na feadhainn ann an dachaighean le teachd a-steach bliadhna de chòrr is £40,000, tha am figear a' dol suas gu còrr is 70%.

Fiosrachadh agus amalachas

Tha deagh fhiosrachadh mu phlanadh thursan - an dà chuid digiteach agus air pàipear - cudromach airson siostam còmh-dhail ath-leumach a tha a' dèanamh cinnteach gum faigh daoine is bathar gu na h-àiteachan far am feum iad a bhith. Thathar air roghainnean airson tiocaidean tapaidh no pàigheadh tapaidh a thoirt a-steach airson seirbheisean rèile, bus, trama agus fo-thalamh air feadh na h-Alba. Tha cuideachd grunn phlanadairean turais ioma-mhodhach (leithid Traveline Scotland) ann gus an fheadhainn a dh'fheumas gluasad eadar modhan/seirbheisean a chuideachadh gus roghainnean siubhail nas fheàrr a dhèanamh agus gus an tursan a dhealbhadh anns an dòigh as èifeachdaiche a thaobh cosgais no as èifeachdaiche a thaobh ùine.

Aig an àm seo, bidh mòran dhaoine a' roghnachadh a bhith siubhal le càr an àite còmh-dhail phoblach agus siubhal gnìomhach air sgàth na h-uimhir de dh'atharrachaidhean seirbheis/modh a dh'fheumadh iad dèanamh air an turas. Uaireannan, cha ghabh an turas aca a dhèanamh mar thoradh air dìth cheanglaichean no dìth mhodhan-còmh-dhail ruigsinneach. A bharrachd air seo, tha na h-amannan feitheimh fada, am feum air iomadh diofar thiocaidean agus ceanglaichean toinnte a' cur bacadh air daoine bho bhith a' cleachdadh cuid de na seirbheisean còmh-dhail phoblach, a' fàgail nach eil gu leòr dhaoine gan cleachdadh. Tha seo na dhuilgheadas gu sònraichte do dhaoine ann an cathraichean-cuibhle.

Seasmhachd

Nuair a bhios fìor dhroch shìde ann, agus tachartasan air am planadh no nach eil air am planadh, a dh'adhbharaicheas briseadh lìonra, tha e deatamach gun tèid fiosrachadh a thoirt dhan phoball cho luath 's as urrainn gus an urrainn dhaibh deisealachadh a rèir sin. Tha e cudromach cuideachd gun tèid na ceuman riatanach a ghabhail airson an luchd-siubhail as so-leònte againn. Bidh fìor dhroch thìde ag adhbharachadh mì-chinnt mun t-suidheachadh siubhail do dhaoine is do ghnìomhachasan. Ann an suidheachaidhean mar seo, chan eil fhios aig coimiteairean am faigh no nach fhaigh iad a dh'obair. Ann an iomadh àite, cha ghabh bathar, a' gabhail a-steach biadh, a libhrigeadh, ag adhbharachadh troimh-a-chèile susbainteach a bharrachd.

Tha feum againn air siostam còmh-dhail a tha ath-leumach agus a bhios a' dol am feabhas gu luath, agus mar sin, a' lùghdachadh na buaidh aig tursan a tha air dheireadh air na lìonraidhean agus luchd-cleachdaidh againn. Feumaidh sinn planadh ath-leumachd làidir, chan ann a-mhàin a thaobh ath-leumachd fiosaigeach an t-siostam còmh-dhail againn ach cuideachd a thaobh mar a thathar a' dèiligeadh ri aimhreit agus cho luath 's a thèid an suidheachadh a chur ceart.

¹⁰⁹ Transport and Travel in Scotland 2017, Clàr 18: Taighean le baidhsagalan, càr no bhan a tha rim faighinn airson cleachdadh prìobhaideach, 2017

Feumaidh bun-structar rothaireachd agus coiseachd fa leth a bhith air a chumail suas gus cleachdadh a bhrosnachadh. Tha tòrr obrach a dhìth air an dà chuid rathaidean trunc agus ionadail agus feumar tasgadh nach beag a chur annta gus dèanamh cinnteach gun tèid an cumail suas mar as còir¹¹⁰. Tha seo na cheist airson raointean eile de shiostam na còmh-dhail. Mar eisimpleir, tha na h-aiseagan againn, an dà chuid an fheadhainn eadar tìr-mòr agus na h-eileanan agus eadar na h-eileanan a' fàs nas sine. Bithear a' beachdachadh air obair-ghlèidhidh mar phàirt de STPR2, a' toirt feart air Rangachadh an Tasgaidh Sheasmhaich (faic Caibideil 6) le fòcas air a bhith a' glèidheadh agus a' cleachdadh stòrasan a th' ann mar-thà gu sàbhailte, agus a' toirt feart iomchaidh air buaidh atharrachadh na gnàth-thìde.

Tha cor nan rathaidean ro chudromach do luchd-rothair agus do bhusaichean mar a tha e do charbadan motair eile. Agus tha glèidheadh èifeachdach nan lìonraidhean againn cudromach gus aimhreit a lùghdachadh agus gus siostam còmh-dhail a thoirt seachad a tha ath-leumach agus earbsach.

¹¹⁰ Maintaining Scotland's roads, 2016, Audit Scotland, http://www.audit-scotland.gov.uk/uploads/docs/report/2016/nr_160804_maintaining_roads.pdf

Caibideil 4 – A’ cur aghaidh air na dùbhlain

Tha caibideil 2 a’ cur air adhart phrìomhachasan agus builean gus taic a chumail ris an lèirsinn sin; a’ brosnachadh co-ionannachd, a bhith gnìomhach air a’ ghnàth-shìde; a’ cuideachadh na h-eaconomaidh againn gus soirbheachadh; agus a’ cur ri ar slàinte is sunnd. Seo na tha sinn ag iarraidh airson siostam na còmhdhail againn: ann an Alba.

Tha fios againn gu bheil dùbhlain ron t-siostam còmhdhail againn. Tha còmhdhail mu chàileachd beatha agus soirbheas, mu cheanglaichean eadar daoine, teaghlaidhean agus gnìomhachasan. Feumaidh sinn còmhdhail gus am faigh sinn cothrom air obair, agus gum faigh am bathar againn do na bùithtean agus do na margaidhean san RA, san Roinn Eòrpa agus nas fhaide air falbh. Tha siostam còmhdhail earbsach, ath-leumach agus amalaichte fìor chudromach a thaobh farpaiseachd nan gnìomhachasan againn, agus gus Alba a dhèanamh na deagh àite airson fuireach, obair agus tadhal.


Tha cunnart den t-seòrsa nach fhaca sinn riamh roimhe ron phlanaid againn agus mar sin, feumaidh sinn an dòigh sam bi sinn a’ planadh agus a’ cleachdadh nan siostaman còmhdhail agus cleachdadh fearainn againn atharrachadh. Ach, bu chòir dhuinn a bhith an dùil cuideachd gun tèid leasachadh nach beag a dhèanamh air na teicneòlasan a tha rim faighinn, agus gun toirt iad a-steach cothroman nach urrainn dhuinn sùileachadh an-diugh. Sin as adhbhar gu bheil feum againn air Ro-innleachd Nàiseanta Còmhdhail ùr.

Le bhith a’ libhrigeadh nam Builean fa leth, cuidichidh seo gus aghaidh a chur air na dùbhlain a chaidh a chomharrachadh.

Leasachadh Poileasaidh

Chaidh modail co-obrachail a’ gabhail a-steach riaghaltas, gnìomhachasan, acadaimigich agus an treas roinn, gus seata de Phoileasaidhean is Comasaichean a chruthachadh, a bhiodh, nuair a bhiodh iad an sàs, a’ coileanadh Toraidhean na Ro-innleachd, mar sin a’ cur aghaidh air na dùbhlain làithreach agus na dùbhlain a tha a’ tighinn am bàrr agus a’ libhrigeadh na lèirsinn.

Tha **poileasaidh** na aithris rùn àrd-ìre iomchaidh a tha ag amas air an lèirsinn agus na Builean a choileanadh. Tha fiosrachadh a bharrachd air a thoirt seachad tro shreath de *chomasaichean* a tha nan dòighean gus na poileasaidhean àrd-ìre a libhrigeadh.



Clàr 16: Sgrùdadh agus measadh, comasaichean, poileasaidhean, prìomhachasan agus ceanglaichean lèirsinn

Chaidh raon farsaing de dh'fhianais a chleachdadh agus chaidh mion-sgrùdadh a dhèanamh gus na Poileasaidhean agus na Comasaichean a mheasadh a thaobh cho math 's a bhiodh iad ann a bhith a' coileanadh nan 12 Builean. Tha toraidhean na h-eacarsaich sin air an aithris anns an aithisg Measadh Poileasaidh¹¹¹. Chaidh deuchainn a dhèanamh air na Poileasaidhean agus an Comasaichean, feuch an gabhadh am poball riutha, tro eacarsaich conaltraidh farsaing le tòrr bhuidhnean agus shaoranach bho choimhearsnachdan eileanach, dùthchail agus bailteil air feadh na h-Alba. Tha co-dhùnaidhean na h-eacarsaich conaltraidh farsaing air an toirt seachd ann an sreath de sgrìobhainnean taice, is iad sin Aithisg Pannalan nan Saoranach, Aithisg Young Scot agus Aithisg Age Scotland - faic Leas-phàipear B.

Tha an t-àm ri teachd fhathast mì-chinnteach, ge-tà. Tha an sòisealtas, eaconamaidh agus àrainneachd ag atharrachadh. Mar eisimpleir, ma dh'fhàgas na treandan a th' againn an-dràsta gun bhacadh sam bith gun sgrùdadh, tha ro-mheasaidhean trafaig a' ro-innse, anns an t-suidheachadh as miosa, gum faodadh an àireamh de thursan càr ann an Alba àrdachadh bho 1,890 millean ann an 2017 gu 2,280 millean ann an 2037, àrdachadh de chòrr air 20%. Thairis air an aon àm, thathar a' sùileachadh gun àrdaich àireamh tursan nan carbadan bathair agus an trafaig air fad timcheall air 40%¹¹².

A bharrachd an sin, tha modailean còmh-dhail ùra a' gabhail a-steach Glusad mar Sheirbheis, carbadan ceangailte, carbadan fèin-obrachail, einnseanan carbaid ùra agus na cothroman co-cheangailte riutha gus taic a thoirt do ghnìomhachas, seirbheisean agus bun-structar ionadail a' cur ris an iom-fhillteachd seo.

Feumaidh sinn Ro-innleachd nach eil a-mhàin na mheadhan air atharrachadh, ach a tha cuideachd subailte agus comasach air atharrachadh a rèir na mì-cinnt seo. Tha sin a' ciallachadh gum feum na Poileasaidhean agus na Comasaichean a chaidh a chruthachadh agus a mheasadh gus na Builean agus na Prìomhachasan a choileanadh agus gus an lèirsinn a libhrigeadh, a bhith sùbailte airson a bhith èifeachdach, ge b' e dè thachras san àm ri teachd.

Mar phàirt den mheasadh, chaidh deuchainn a dhèanamh air na Poileasaidhean agus na Comasaichean, a' cleachdadh Inneal Dealbhaidh Suidheachaidhean, gus tuigse fhaighinn air mar a bhios iad a' coileanadh fo shuidheachaidhean so-chreidsinneach a dh'fhaodadh tachairt san àm ri teachd. Tha seo a' gabhail a-steach raon de dhiofar shuidheachaidhean airson an àm ri teachd, leithid far a bheil an eaconamaidh lag no làidir, far a bheil an comann-sòisealta nas co-ionainn no nas neo-ionainn, far a bheil no far nach eil an àrainneachd air dèiligeadh ri buaidhean atharrachadh gnàth-shìde, no far a bheil sluagh fallain no mì-fhallain againn aig a bheil ìre àrd no ìosal de shiubhal gnìomhach. 'S e an t-amas a bhith a' tuigsinn dè cho èifeachdach 's a tha poileasaidhean ann an diofar shuidheachaidhean san àm ri teachd agus mar a ghabhadh na poileasaidhean sin atharrachadh nuair a dh'atharraicheas cùisean san àm ri teachd.

Tha an clàr gu h-ìosal a' mìneachadh nam poileasaidhean agus comasaichean a chaidh a chruthachadh gus na Buill a choileanadh agus gus aghaidh a chur air na dùbhlain.

¹¹¹ NTS2 Policy Assessment Report, 2019

¹¹² Transport Forecasts, Còmh-dhail Alba 2018

Poileasaidh	Comasaiche
Cùm oirnn le leasachadh earbsachd, sàbhailteachd agus seasmhachd na siostam còmh-dhail againn	Cuir ri sàbhailteachd siostam na còmh-dhail agus coilean na targaidean airson lùghdachadh bhàsan/leòntan
	Cuir ri seasmhachd siostam còmh-dhail na h-Alba an aghaidh mì-rian agus brosnachadh cultar de dhleastanas coitcheann
	Cuir ceuman an sàs a bhios a' toirt piseach air tèarainteachd ann an siostam còmh-dhail na h-Alba agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil i tèarainte.
	Cuir ri cleachdadh stiùireadh stòrasan air feadh an t-siostaim siubhail
Leabaich a' bhuidhe airson còmh-dhail ann an co-dhùnaidhean mu phlanaidh spàsail agus cleachdadh fearainn	Dèan cinnteach gu bheil barrachd amalachais ann eadar còmh-dhail, planadh spàsail agus mar a tha fearann air a chleachdadh
	Dèan cinnteach gu bheil stòrasan agus seirbheisean còmh-dhail a' gabhail ri Prionnsabal an Àite (<i>Place Principle</i>).
	Dèan cinnteach gun tèid an siostam còmh-dhail a leabachadh ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean roinneil.
Amalaich poileasaidhean agus tasgadh ann am bun-structar thairis air siostaman na còmh-dhail, lùths agus digiteach.	Dèan cinnteach gu bheil dòigh-obrach aonaichte aig poileasaidhean ionadail, nàiseanta agus roinneil thar gach taobh de thasgadh bun-structair a' gabhail a-steach an t-siostaim còmh-dhail, digiteach agus lùths
Thoir seachad siostam còmh-dhail a bhios a' toirt cothrom do ghnìomhachasan a bhith farpaiseach aig baile, taobh a-staigh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta.	Thoir feabhas air ruigsinneachd agus ceangal taobh a-staigh margaidhean gnìomhachas-gnìomhachais agus gnìomhachas-cleachdaiche tro gach modh còmh-dhail
	Dèan cinnteach gu bheil slighean a-steach gu agus bho mhargaidhean dachaigheil agus eadar-nàiseanta seasmhach agus air an amalachadh a-steach do na lìonraidhean còmh-dhail nas fharsainghe gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' fuireach, a bhith nan oileanaich, a bhith a' tadhal air agus a' tasgadh ann an Alba
	Cùm taic ri gluasadan gus cur ri ruigsinneachd rathad/rèile do phuirt-adhair is puirt-mhara na h-Alba.
Thoir seachad siostam còmh-dhail le càileachd àrd a tha a' ceangal Alba ri chèile agus	Dèan cinnteach gu bheil mòr-ionadan bun-structair agus ceanglaichean nan siostam aonaichte ruigsinneach a leasaicheas an turas ceann gu ceann airson daoine agus bathar

Poileasaidh	Comasaiche
ag aithneachadh nan diofar feumalachdan cruinn-eòlach againn	Lùghdaich na h-ana-chothroman agus eas-bhuannachdan cosgais a tha mu choinneamh coimhearsnachdan eileanach, iomallach agus dùthchail
	Dìon libhrigeadh nan seirbheisean agus ceanglaichean còmh-dhail ro-chudromach do choimhearsnachdan iomallach
Cuir ri càileachd agus faotainneachd an fhiosrachaidh gus roghainnean còmh-dhail nas fheàrr a chur an comas	Cùm taic ri leasachaidhean agus tionnsgalachd a tha a' toirt cothrom dhuinn uile roghainnean siubhail fiosraichte a dhèanamh
	Cùm taic ri tursan gun bhriseadh leis a' bhun-structar, fiosrachadh agus na goireasan iomlaid gus a h-uile modh còmh-dhail a cheangal ri chèile
	Dèan cinnteach gu bheil fiosrachadh 'fior-ama' iomchaidh air a thoirt seachad gus leigeil le luchd-cleachdaidh còmh-dhail dèiligeadh ri fìor dhroch shìde agus ri tachartasan
Gabh ri tionnsgalachd còmh-dhail a bhios a' toirt deagh bhuaidh air an t-sòisealta, àrainneachd agus eaconamaidh againn	Cùm taic ri Alba sna h-oidhirpean aice airson a bhith air thoiseach air càch sa mhargaid a thaobh leasachadh agus tràth-ghabhail ri deagh thionnsgalachd ann an còmh-dhail
Leasaich, agus cur an comas, gluasad èifeachdach dhaoine agus bathar air an t-siostam còmh-dhail againn	Dèan cinnteach gum bi siostam còmh-dhail na h-Alba a' làimhseachadh feumalachdan dhaoine agus bathair gu h-èifeachdach
	Brosnaich còmh-dhail a tha èifeachdach a thaobh spàs
Thoir seachad siostam còmh-dhail a tha a cheart cho ruigsinneach dhan a h-uile duine* *tha seo a' gabhail a-steach a h-uile duine air feadh na h-Alba, ach gu sònraichte an fheadhainn aig a bheil na feartan dìonte: aois, ciarram, ath-bhuileachadh gnè; pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta; leatromachd agus màthaireachd; cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè agus taobhadh gnè. agus daoine a tha a' fuireach ann am bochdainn.	Dèan cinnteach gu bheil còmh-dhail ann an Alba ruigsinneach do na h-uile
	Comharraich agus thoir air falbh bacaidhean a thaobh ceangailteachd agus ruigsinneachd na còmh-dhail poblaich ann an Alba
	Lùghdaich an droch bhuaidh a th' aig còmh-dhail air sàbhailteachd, slàinte agus sunnd dhaoine
	Cùm oirnn le taic a chur ri cur an gnìomh nam molaidhean bho, agus leasachadh, Frèam-obrach Còmh-dhail Ruigsinneach na h-Alba

Poileasaidh	Comasaiche
	Dèan cinnteach gu bheil cothrom seasmhach aig a' mhargaidh obrach air àiteachan far a bheil cothroman cosnaidh
	Dèan cinnteach gu bheil cothrom seasmhach air foghlam agus goireasan trèanaidh
	Thoir piseach air cothrom seasmhach air goireasan slàinte airson luchd-obrach, euslaintich agus luchd-tadhail
Cùm taic ri gnìomhachas na còmh-dhail le bhith a' coileanadh fheumalachdan san latha an-diugh agus san àm ri teachd airson cosnadh agus sgilean	Gus coinneachadh ris na h-iarritasan atharrachail aig gnìomhachas na còmh-dhail a thaobh fastadh is siubhail agus gus sgilean an luchd-obrach àrdachadh.
	Cùm taic ri iomairtean a bhios a' brosnachadh trusadh agus glèidheadh luchd-obrach leis na sgilean iomchaidh air feadh roinn na còmh-dhail
Thoir seachad siostam còmh-dhail a bhios a' brosnachadh agus a' cur an comas roghainnean siubhail a chuireas ri slàinte is sunnd dhaoine	Brosnaich agus cuir an comas roghainnean airson siubhal gnìomhach air feadh tìr-mòr na h-Alba agus nan eilean.
	Dèan cinnteach gum bi roghainnean siubhail gnìomhach co-fhillte le seirbheisean còmh-dhail phoblach
	Cùm taic ris an dleastanas aig còmh-dhail a bhith a' cur ri slàinte is sunnd dhaoine
Lùghdaich eimiseanan roinn na còmh-dhail a rèir ar n-amasan nàiseanta a thaobh càileachd adhair agus atharrachadh na gnàth-shìde	Cuir an comas gluasad gu dòighean còmh-dhail nas seasmhaiche airson daoine agus còmh-dhail choimeirsealta
	Lùghdaich na h-eimiseanan aig siostam na còmh-dhail gus piseach a thoirt air càileachd an adhair
	Lùghdaich na h-eimiseanan aig siostam na còmh-dhail gus cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde
	Cùm taic ri riaghladh iarrtais gus roghainnean siubhail nas seasmhaich a bhrosnachadh
Dealbhaich an siostam còmh-dhail againn gus dèiligeadh ris a' bhuidheann a th' aig atharrachadh na gnàth-shìde	Cuir ri seasmhachd siostam còmh-dhail na h-Alba a thaobh troimh chèile air adhbharachadh le atharrachadh na gnàth-shìde
	Dèan cinnteach gun atharraich an siostam còmh-dhail againn gus dèiligeadh ris na buidhnean ris a bheilear an dùil bho atharrachadh na gnàth-shìde

Caibideil 5 – A’ riaghladh còmh-dhail – deamocrasaidh, dèanamh cho-dhùnaidhean, agus a’ libhrigeadh

'S e Riaghladh¹¹³ an dòigh anns a bheil na buidhnean air an stiùireadh, air an riaghladh agus air an ruith. Bidh e a’ mìneachadh dhàimhean agus sgaoileadh chòraichean agus dhleastanasan am measg na feadhainn a tha ag obair leis, agus anns a’ bhuidhinn phoblaich, a’ co-dhùnadh nan riaghailtean agus nan dòighean anns am bi amasan air an suidheachadh, agus a’ toirt seachad dòigh gus na h-amasan sin a choileanadh agus gus sùil a chumail air coileanadh. Gu cudromach, tha e a’ mìneachadh far a bheil cunntachalachd suidhichte air feadh na buidhne poblaich

airson muinntir na h-Alba, tha e na prìomh adhbhar airson deagh riaghladh gum bi comas aca buaidh a thoirt air na co-dhùnaidhean aig buidhnean, a bhith cinnteach gu bheil an obair aice ga dhèanamh ann an dòigh fhosgailte agus fhollaiseach, agus gu bheil comas ann a cumail cunntachail.

Ullachaidhean làithreach

Tha ullachaidhean làithreach airson riaghladh còmh-dhail a’ gabhail a-steach ìrean eadar-nàiseanta, nàiseanta, roinneil agus ionadail. Ann an Alba, bidh Ministearan na h-Alba a’ toirt seachad stiùireadh ro-innleachdail tron Ro-innleachd Còmh-dhail Nàiseanta agus tha cumhachdan tiomnaichte aca a chaidh a ghluasad gu Pàrlamaid na h-Alba tro Achd na h-Alba 1998, mar a chaidh atharrachadh, ach tha cuid de chumhachdan is dhleastanasan fhathast glèidhte do Phàrlamaid na RA.

'S e Còmh-dhail Alba a’ bhuidhinn còmh-dhail nàiseanta agus tha i cunntachail ri Ministearan na h-Alba. A bharrachd air a bhith a’ toirt comhairle do Mhinistearan agus do chùisean poileasaidh eile a tha co-cheangailte ri còmh-dhail, tha dleastanasan obrachaidh agus libhrigidh phròiseactan aig Còmh-dhail Alba, a’ gabhail a-steach riaghladh cheadan-ruith rèile, libhrigeadh prìomh phròiseactan bun-structair calpa rèile is rathaid, agus a bhith a’ ruith an Sgeama Siubhail Lasaichte Nàiseanta airson seann daoine, agus daoine air a bheil ciorram. Tha Còmh-dhail Alba cuideachd na ùghdarras rathaidean airson lionra nan rathaidean trunc (lionra mòr-rathaidean agus prìomh rathaidean ‘A’ na h-Alba).

Aig ìre roinneil, tha seachd Com-pàirteachasan Còmh-dhail Roinneil reachdail (RTPan) a chaidh a stèidheachadh tro Achd na Còmh-dhail (Alba) 2005, le crìochan stèidhichte air raointean siubhal-gu-obair, gus dealbhadh agus libhrigeadh còmh-dhail roinneil a neartachadh gus am bi e a’ frithealadh nas fheàrr air feumalachdan dhaoine agus ghnìomhachasan. Tro bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh eile, bidh RTPan a’ cleachdadh dòigh-obrach ro-innleachdail a thaobh poileasaidh còmh-dhail, ro-innleachd agus libhrigeadh phròiseactan anns na sgìrean aca, a rèir nan Ro-innleachdan Còmh-dhail Roinneil reachdail aca. Tha diofar mhodailean de RTPan ann¹¹⁴, agus tha dreuchdan obrachaidh aig cuid cuideachd, a’ gabhail a-steach a bhith ag obair no a’ cur air dòigh sheirbheisean còmh-dhail, thiogaidean cairt-tapaidh, agus a’ toirt taic do sheirbheisean bus a tha riatanach gu sòisealta. Tha com-pàirteachasan Còmh-dhail Roinneil air an stiùireadh le Bùird Com-pàirteachaidh, anns a bheil comhairlichean bho air feadh na roinne, agus buill comhairleachaidh/luchd-amharc air an aontachadh le Ministearan na h-Alba.

¹¹³ <https://www.gov.scot/publications/board-guide-board-members-public-bodies-scotland-april-2015/pages/19/>

¹¹⁴ <https://www.transport.gov.scot/our-approach/strategy/regional-transport-partnerships/>

Aig an ìre ionadail, tha 32 ùghdarras ionadail an urra ri cùisean còmh-dhail anns na sgìrean aca, a' gabhail a-steach Ro-innleachdan Còmh-dhail Ionadail, leasachadh agus cumail suas lionra nan rathaidean nach eil nan rathaidean trunc, riaghladh trafaig, pàirceadh, agus an lionra coiseachd, cuibhleachaidh agus baidhsagal. A bharrachd air gnìomhan a bheir buaidh air còmh-dhail leithid dealbhadh cleachdadh fearainn agus leasachadh eaconamach, tha dreuchdan obrachaidh aig cuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' gabhail a-steach seirbheisean aiseig agus taic a chumail ri seirbheisean bus. Bidh Comhairlichean air an taghadh gu deamocratach a' cumail sùil air obair ùghdarrasan ionadail tro structaran comataidh nan comhairlean.


Tha raon de bhuidhnean neo-riaghaltais, treas-phàrtaidh, treas-roinn, prìobhaideach agus poblach ann cuideachd aig a bheil prìomh dhleastanasan ann an còmh-dhail air feadh Alba. Bidh suidheachaidhean riaghlaidh nam buidhnean sin a' crochadh air grunn nithean, nam measg an inbhe laghail a th' aca, an roinn anns a bheil iad ag obair, an t-ullachadh maoinachaidh aca, agus na daoine agus na coimhearsnachdan a tha iad a' frithealadh. Tha na buidhnean sin a' gabhail a-steach luchd-obrachaidh bhusaichean, companaidhean-adhair agus luchd-obrachaidh puirt-adhair, companaidhean còmh-dhail bathair, solaraichean seirbheis agus bun-structair na rèile, buidhnean libhrigidh siubhal gnìomhach, solaraichean còmh-dhail coimhearsnachd agus saor-thoileach, luchd-obrachaidh aiseagan agus eile. Tha an roinn phrìobhaideach gu sònraichte fhathast na prìomh sholaraiche de sheirbheisean còmh-dhail air feadh na h-Alba a' gabhail a-steach a' gabhail a-steach gach modh còmh-dhail, agus a' cumail taic ri gnìomhachd leithid cumail suas rathaidean, agus dealbhadh còmh-dhail agus seirbheisean comhairleachaidh air leasachadh.

Atharrachaidhean bho 2006

Bho chaidh a' chiad Ro-innleachd Còmh-dhail Nàiseanta fhoillseachadh ann an 2006, tha atharrachaidhean cudromach air a bhith ann a thaobh riaghladh is eile a tha a' toirt buaidh air riaghladh còmh-dhail. Mar eisimpleir, chaidh Com-pàirteachasan Eaconamach Roinneil saor-thoileach (*Regional Economic Partnerships* - REPan), a thàinig bho Sgrùdadh Iomairt is Sgìlean Riaghaltas na h-Alba ann an 2016¹¹⁵ a chruthachadh ann an cuid de raointean gus taic a thoirt do libhrigeadh cùmhnantan baile-mòr agus cùmhnantan fàis agus cuideachd gus beachdachadh air cothroman leasachaidh eaconamach nas fharsainghe tro cho-obrachadh a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, an roinn phrìobhaideach, buidhnean iomairt is sgìlean, foghlam treas ìre agus an treas roinn. Airson cuid de na REPs a tha ann no a tha air am moladh, chan eil na crìochan aca a rèir nan sgìrean siubhail a th' ann mar-thà. Tha na h-ùrachaidhean air Poileasaidh Dealbhaidh na h-Alba ann an 2014 agus Bile Dealbhaidh 2019 a chaidh aontachadh bho chionn ghoirid cuideachd air atharrachaidhean a thoirt air mar a thathar a' beachdachadh air cleachdadh fearainn, còmh-dhail agus dealbhadh bun-structair. Tha dealbhadh còmh-dhail, bun-structar agus obrachaidhean nam pàirt ro-chudromach airson a bhith a' cruthachadh àm ri teachd net-zero a thaobh carboin, agus dh'fhaodadh iad, le co-obrachadh, a bhith air a neartachadh le co-thaobhadh nas fheàrr le cruinneachaidhean làithreach is ùra ann an roinnean eile.

Chithear prìomh eisimpleirean de atharrachaidhean mòra ann an ullachaidhean riaghlaidh còmh-dhail air an sealltainn anns a' chlàr gu h-ìosal:

¹¹⁵ <https://www.gov.scot/policies/economic-growth/enterprise-and-skills-review/>



Clàr 17: Roghainn de dh'atharrachaidhean ann an riaghladh còmh-dhail bho 2005

Dùbhlain a' tighinn am bàrr

Mar phàirt den obair deasachaidh air an Ro-innleachd, chaidh lèirmheas a dhèanamh air riaghladh còmh-dhail le buidheann-gnìomh co-obrachaidh. Anns a' bhuidhinn obrach, ris an canar "Buidheann-obrach Dreuchdan is Uallaichean", bha oifigearan Riaghaltas na h-Alba bho chòmh-dhail, dealbhadh, eaconamaidh agus dealbhadh coimhearsnachd, còmhla ri proifeiseantaich còmh-dhail is dealbhaidh bhon taobh a-muigh, nam measg bho riaghaltas ionadail agus buidhnean roinneil. Bha Buidhnean Neo-riaghaltais air an riochdachadh le buidheann libhrigeadh siubhal gnìomhach.

Gus taic a chumail ri measadh riaghladh còmh-dhail, bheachdaich ath-sgrùdadh àrd-ire air fianais agus air deagh chleachdadh air mar a tha còmh-dhail ga riaghladh an dà chuid san RA agus gu h-eadar-nàiseanta, a' cuimseachadh air dùthchannan a tha coltach ri Alba gu ìre mhòr, m.e. Nirribhidh agus Sealán Nuadh. Thug e a-steach co-dhùnaidhean bho sgrùdadh air modailean riaghlaidh còmh-dhail le Banca na Cruinne (2013) cuideachd¹¹⁶ a chomharraich cho cudromach 's a tha e ath-sgrùdadh cunbhalach a dhèanamh air ullachaidhean riaghlaidh gus dèanamh cinnteach gum biodh iad daonna buntainneach agus brìoghmhor, le cunntalachd shoilleir. Chaidh seo a dhaingneachadh le bhith a' toirt fa-near nach eil aon mhodail riaghlaidh ann a ghabhas a chleachdadh oir feumar a chur air dòigh a rèir feartan na dùthcha sin fhèin, m.e. sgaradh solar eadar an roinn phoblach agus phrìobhaideach, am frèam laghail, am frèam fiosgail agus pàtrain iartais siubhail.

B' e cuspair a thàinig a-mach à freagairtean do Ghairm Fianais air Ro-innleachd Nàiseanta na Còmh-dhail agus bho obair na Buidhne-obrach air Dleastanas is Uallaichean nach robh aon mhodail a' freagairt air riaghladh còmh-dhail taobh a-staigh na h-Alba, air sgàth nan diofar fheumalachdan còmh-dhail air feadh na dùthcha, bho sgìrean bailteil gu sgìrean dùthchail, a' gabhail a-steach nan Eilean againn. B' e cuspair eile a thàinig am bàrr an comas airson dòigh-obrach nas ciallaiche agus nas aonaichte a thaobh còmh-dhail nàiseanta, roinneil agus ionadail còmhla ri amalachadh na bu dhlùithe eadar dealbhadh spàsail, leasachadh eaconamach agus còmh-dhail.

¹¹⁶ <http://documents.worldbank.org/curated/en/816281518818814423/2019-WDR-Report.pdf>

Tha na cuspairean a tha a' tighinn am bàrr a' co-thaobhadh ris an aonta aig Riaghaltas na h-Alba agus COSLA bho chionn ghoirid gus gabhail ris 'Prionnsabal an Àite' mar dhòigh air dòigh-obrach nas aonaichte agus nas co-obrachail a chleachdadh a thaobh seirbheisean agus stòrasan taobh a-staigh àite gus toraidhean nas fheàrr a thoirt do dhaoine agus do choimhearsnachdan.

Bha a' Bhuidheann-obrach Dreuchdan is Uallaichean ag aideachadh, ged a bha mòran eileamaidean fa leth ann a dh'obraich gu math, feumar aghaidh a chur air na prìomh dhùbhlain a leanas:

- dìth airgid a' cuingealachadh aig an ìre roinneil agus/no ionadail
- dìth taic airson nam modhan còmhdhail uile
- dìth stòrasan agus sgilean
- duilgheadasan le bhith ag obair thar crìochan agus le bhith a' freagairt air feumalachdan ionadail
- dì-cheangal eadar amasan fad-ùine agus gnìomhan sa gheàrr-ùine
- cunntalachd ionadail measgaichte, àrd cheannardas agus buaidh iomlan
- siostaman riaghlaidh toinnte
- dìth obair gleidhidh leantainneach air stòrasan
- cunntalachd neo-chunbhalach no mì-chinnteach
- dì-cheangal ri cùisean Dealbhachaidh, Eaconomach agus Slàinte
- dìth soilleireachd air dleastanasan agus uallachaidhean, airson a' phobaill gu sònraichte
- freagairteachd ri na diofar cuideaman air gnìomhachas/air an roinn phoblaich

Tha na dùbhlain sin coltach ris na molaidhean a chaidh a dhèanamh san aithisg *Transport and Poverty in Scotland – Report of the Poverty and Inequality Commission*¹¹⁷ a tha a' dèanamh mholaidhean air cunntalachd, a' gabhail a-steach taic do dh'ath-sgrùdadh air na modailean cunntalachd airson còmhdhail agus com-pàirteachadh shaoranach, gu sònraichte an fheadhainn a tha no a bha bochd, ann an co-dhùnaidhean.

¹¹⁷ <https://povertyinequality.scot/wp-content/uploads/2019/06/Transport-and-Poverty-in-Scotland-Report-of-the-Poverty-and-Inequality-Commission.pdf>

Slighe air adhart

Rinn a' Bhuidheann-obrach air dleastanasan agus Uallachaidhean trì molaidhean farsaing do Mhinistearan na h-Alba¹¹⁸:

- 1. Rinneadh a' chùis gu bheil feum air atharrachadh agus nach eil na h-ullachaidhean làithreach seasmhach tuilleadh;**
- 2. Bu chòir na h-ullachaidhean riaghlaidh còmhdhail againn san àm ri teachd a bhith stèidhichte air seòrsa air choireigin de mhodail roinneil a tha a' ceadachadh atharrachaidhean ann an dòigh-obrach ann an diofar roinnean cruinn-eòlach; agus**
- 3. Tha riaghladh na chùis iom-fhillte, agus feumar barrachd obrach a dhèanamh gus modail a chruthachadh airson riaghladh còmhdhail ann an Alba san àm ri teachd a ghabhas a chur an gnìomh.**

Dh'aontaich Ministearan na h-Alba ris na molaidhean a rinn a' Bhuidheann agus tha iad a' moladh gun lean tuilleadh co-obrachadh gus sùil a thoirt air modailean a ghabhas cur an gnìomh bhon cho-chomhairle seo gus dèanamh cinnteach gun coilean sinn toraidhean nas fheàrr airson ar saoranaich, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan. Feumaidh ullachaidhean riaghlaidh cunntachail a bhith so-thuigsinneach agus ruigsinneach dhan mhòr-shluagh agus bidh seo na phàirt chudromach den obair seo.

Bho shealladh còmhdhail, tha dòigh-obrach riaghlaidh roinneil na dòigh èifeachdach air dèiligeadh ri cùisean tar-chrìochan agus na deagh dhòigh a bhith a rèir sgìrean siubhal-gu-obair. A bharrachd air seo, tha dòigh-obrach làidir roinneil a thaobh còmhdhail, còmhla ri co-thaobhadh ri amasan eaconamach dealbhaidh, dealbhadh mara agus amasan taigheadais a' toirt taic do mhodhan airson a bhith a' cur cumadh air àite (*place-shaping*).

¹¹⁸ Transport Governance – Taking Better Decisions Relating to our Transport Network, 2019

Caibideil 6 - na nì sinn


Tha dleastanas oirnn uile gus an ro-innleachd a libhrigeadh agus gus dèanamh cinnteach gun soirbhich i. Bho riaghaltas ionadail agus nàiseanta a' cur an gnìomh phoileasaidhean gu gnìomhachasan agus daoine fa leth a' toirt aire do na gnìomhan agus na buaidhean aca nuair a bhios iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean siubhail cùramach. Gus an Ro-innleachd a libhrigeadh, bidh Riaghaltas na h-Alba gnìomhach anns na trì raointean a leanas: A' cur ri cunntachalachd: a' neartachadh fianais; agus a' stiùireadh iartas.

A' cur ri cunntachalachd:

Tha an dòigh-obrach cho-obrachail a chaidh a chleachdadh gus an Ro-innleachd seo a leasachadh air a bhith soirbheachail agus tha e ro-chudromach airson a bhith a' libhrigeadh na lèirsinn agus nam builean. A rèir Prionnsapal an Àite¹¹⁹ – cuiridh sinn dòigh-obrach nas co-obrachail agus nas com-pàirtiche air adhart a thaobh stòrasan agus seirbheisean gus Alba nas fheàrr a chruthachadh, gus cunntachalachd a mheudachadh, ni sinn na leanas:

- a' stèidheachadh **Bòrd Libhrigidh** airson Ro-innleachd Còmh-dhail a bheir còmhla àrd riochdairean air feadh na roinne còmh-dhail airson a bhith cunntachail airson libhrigeadh soirbheachail na Ro-innleachd
- bidh conaltradh le daoine fa leth agus le coimhearsnachdan bunaiteach ann a bhith a' fiosrachadh buileachadh nam poileasaidhean agus comasaichean. Cuiridh sinn **Pannalan Saoranaich Còmh-dhail** air dòigh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mar a tha còmh-dhail do dhaoine air feadh na h-Alba
- lean air adhart le ar **conaltradh gnìomhachais** gus dèanamh cinnteach gu bheil guth a' ghnìomhachais air a chluinntinn agus a' fiosrachadh buileachadh nam poileasaidhean agus comasachaidhean
- cruthaich ullachaidhean **riaghlaidh còmh-dhail** ùra stèidhichte air modail roinneil air choireigin, a bhiodh a' cur an comas atharrachaidhean spàsail, a chuireas fòcas air toraidhean nas fheàrr airson saoranaich, choimhearsnachdan agus gnìomhachasan. Nì sinn seo tro dhòigh-obrach 'stèidhichte air àite'. Tha fios againn gu bheil daoine agus àite nam prìomh eileamaidean de dh'fhàs in-ghabhalach gus am bi buannachdan eaconamach nan leasachaidhean ann an libhrigeadh còmh-dhail agus co-thaobhadh nas fheàrr eadar còmh-dhail, dealbhadh spàsail agus leasachadh eaconamach air an sgaoileadh agus air an roinn air feadh sluagh agus coimhearsnachdan na h-Alba. Bidh na molaidhean a rinn an Coimisean Bochdainn is Neo-ionannachd a' fiosrachadh cruthachadh nan ullachaidhean riaghlaidh còmh-dhail agus cunntachalachd sin

¹¹⁹ <https://www.gov.scot/publications/place-principle-introduction/>



Clàr 18: An dòigh-obrach gus an Ro-innleachd a thoirt air adhart A' neartachadh fianais

Feumaidh dèanamh cho-dhùnaidhean ann an dòigh làidir ach subailte fianais mar a' bhun-stèidh agus mar sin:


- bidh sinn a' dealbhadh **frèam sgrùdaidh is measaidh làidir** gus coileanadh a thomhas agus gus aithris gach bliadhna air mar a tha sinn a' dèiligeadh ris na dùbhlain agus a' coileanadh nam Builean aig ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail. Bidh seo a' gabhail a-steach measadh mu choinneamh Builean an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta. Thathar a' cruthachadh dreach prìomh thaisbeanair, a' cleachdadh tùsan rannsachaidh agus dàta sean is ùr. Far an gabh sin a dhèanamh, bidh anailis air na taisbeanaidhean air am briseadh sìos a rèir factairean deamografach, sòiseo-eaconamach agus cruinn-eòlach. Tha geàrr-chunntas den obair gu ruige seo air taisbeanair ann an Leas-phàipear A. Bidh an Ro-innleachd sùbailte, tron Bhòrd Lìbhrigidh, agus ag atharrachadh a rèir mar a bhios cùisean a' tighinn am bàrr agus a' fàs
- neartaichidh sinn na dòighean anailis againn gus sgrùdadh a dhèanamh air an **dàta** a tha a' sìor fhàs gus am bi am fiosrachadh as ùire fhathast air a chleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean a chaidh a dhealbhadh agus a chur an gnìomh stèidhichte air fianais agus èifeachdach. Faic Leas-phàipear B. Le bhith ag aithneachadh gu bheil an t-àm ri teachd mì-chinnteach leanaidh sinn oirnn a' cleachdadh dòigh-obrach **dealbhadh shuidheachaidhean** ann an co-dhùnaidhean tasgaidh air feadh an siostam na còmhhdail gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean còmhhdail agus comasaichean ag atharrachadh gus Alba a dhèanamh na àite tarraingeach airson a bhith a' fuireach agus airson gnothachas.
- cumaidh sinn oirnn dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd chothroman agus toradh ann agus a' lughdachadh buaidhean àrainneachdail aig fìor thoiseach co-dhùnaidhean airson siostam còmhhdail na h-Alba agus sinn a' togail air an obair a tha sinn a' dèanamh a' libhrigeadh ar dleastanasan **co-ionannachd** agus **measadh àrainneachd ro-innleachdail**.

A' stiùireadh iarrtas

Gus dèanamh cinnteach gun cruthaich sinn àiteachan soirbheachail san àm ri teachd, tha sinn ag aithneachadh gum feum sinn smachd a chumail air an iarrtas airson còmh-dhail. Gus seo a dhèanamh:


- leabaichidh sinn **Rangachadh na Còmh-dhail Seasmhaich** ann an dèanamh cho-dhùnaidhean, a' brosnachadh coiseachd, cuibhreachadh, còmh-dhail phoblach agus roghainnean còmh-dhail co-roinnte, an àite càraichean prìobhaideach air an cleachdadh le aon neach a-mhàin. Mar phàirt de seo, nì Còmh-dhail Alba ath-sgrùdadh agus ùrachadh air Stiùireadh Measaidh Còmh-dhail na h-Alba (*Scottish Transport Appraisal Guidance* - STAG) agus air pròiseasan co-dhùnaidh air tasgadh. Neartaichidh seo an dòigh-obrach againn a thaobh a bhith a' clàradh cho-ionannachdan agus a' bhuaidh aig còmh-dhail sheasmhach. Is e seo an lionsa tro bheil Còmh-dhail Alba a' coileanadh a dhleastanas ann an gnìomhan planadh leasachaidhean agus riaghlaidh. Thèid daoine eile a bhrosnachadh gus an aon seòrsa dòigh-obrach a ghabhail os làimh

A' cur Prìomhachas air Siubhal Seasmhach



Clàr 19: Rangachadh na còmh-dhail seasmhaich

- aig an ìre nàiseanta thèid **Rangachd an Tasgaidh Sheasmhaich** a chleachdadh gus fiosrachadh a chumail ri co-dhùnaidhean buidseit. Beachdaichidh seo air: tasgadh a tha ag amas air an fheum air siubhal neo-sheasmhach a lughdachadh; tasgadh a tha ag amas air stòrasan a th' ann mar-thà a chumail suas agus obrachadh le bhith a' toirt aire iomchaidh dhan fheum air freagarrachadh ri buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde; tasgadh a' brosnachadh raon de cheumnan, a' gabhail a-steach fuasglaidhean innleachdach, gus feum nas fheàrr a dhèanamh den chomas a th' ann mar-thà, a' dèanamh cinnteach gu bheil na lionraidhean agus na siostaman còmh-dhail a tha ann an-dràsta air an làn-leasachadh (dh'fhaodadh iad sin a bhith a' gabhail a-steach fuasglaidhean stèidhichte air teicneolas, riaghladh, fiosgail no innleadaireachd luach a thaobh ath-nuadhachadh stòrasan); agus tasgadh a' gabhail a-steach leasachaidhean bun-structair cuimsichte



Clàr 20: Rangachadh an tasgaidh sheasmhaich

- tha an dòigh anns a bheil siostam na còmh-dhail air a mhaoineachadh toinnte, ach feumaidh i a bhith cothromach, seasmhach agus a bhith a' cumail taic ri builean nas fharsainghe. Gabhaidh Riaghaltas na h-Alba **grunn cheuman**, mar eisimpleir:
 - ath-sgrùdadh a dhèanamh air na lasachaidhean a tha rim faighinn air còmh-dhail dhan fheadhainn aois 16-18 agus a bhith gan leudachadh gu daoine fo aois 26.
 - taic a thoirt dhan atharrachadh aig a' Phàrtaidh Uaine gus reachdas a thoirt a-steach airson Cìs air Pàirceadh san Àite-obrach a tha ga dheasbad le Pàrlamaid na h-Alba aig an àm seo mar phàirt de Bhile na Còmh-dhail.
 - a bhith a' tòiseachadh còmh-radh air dòighean eile gus iarrtas a stiùireadh ann an Alba mar phàirt de Chòmhradh Mòr na Gnàth-shìde.

Lìbhrigeadh

Ag obair le com-pàirtichean a tha an sàs ann an deasachadh na Ro-innleachd, foillsichidh sinn Plana Lìbhrigidh gus taic a chumail rithe, às dèidh àm na co-chomhairle seo. Togaidh am Plana Lìbhrigidh air na Poileasaidhean agus Comasaichean a chaidh a mhìneachadh san Ro-innleachd seo.

- airson Riaghaltas na h-Alba bidh ùrachadh **Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde** na phàirt ro-chudromach den Phlana Lìbhrigidh. Gus fiosrachadh a chumail ri seo, neartaichidh sinn a slat-tomhais fianais againn air buaidh aig atharrachadh dòighean-giùlain agus aig teicneòlas ann a bhith a' cruthachadh slighean gu eimiseanan net-zero.

- bidh an dàrna **Lèirmheas Pròiseactan Còmh-dhail Ro-innleachdail** (STPR2) a' mìneachadh plana 20 bliadhna airson tasgadh còmh-dhail tro lionsa Prìomhachasan na Ro-innleachd agus a rèir nan Rangachd Siubhail is Tasgaidh Sheasmhach. Bidh an STPR2 a' gabhail a-steach measadh air feadh na h-Alba air eadar-theachdan còmh-dhail san àm ri teachd, chan ann a-mhàin air bun-structar. Cleachdaidh e pròiseas measaidh stèidhichte air amasan, mar a tha air a chur an cèill ann an STAG, le lèirsinn nàiseanta ach cuideachd le fòcas ionadail. Bidh bunait fianais anns an STPR2 airson Plana ùr Aiseagan na h-Alba, a bhios cuideachd air fhiosrachadh leis a' chiad Phlana Nàiseanta airson nan Eilean.
- tha **Bile na Còmh-dhail** a' toirt dhuinn modail àrd-amasach ùr airson seirbheisean bus. Tha e a' toirt roghainnean do dh'ùghdarrasan còmh-dhail a bhith a' toirt buaidh air, agus a' toirt piseach air, seirbheisean bus anns an sgìre aca, a' dèanamh cinnteach gu bheil lìonraidhean bus seasmhach ann air feadh na h-Alba. Bheir am Bile taic do dh'ùghdarrasan còmh-dhail ionadail gus feumalachdan agus suidheachaidhean ionadail a choileanadh, ge b' e a bheil iad airson obrachadh tro obair com-pàirteachaidh, cealachasan-ruith (*franchising*) no tro bhith a' ruith nam busaichean aca fhèin. Às dèidh Aonta Rìoghail, leanaidh sinn oirnn a bhith ag obair le ùghdarrasan còmh-dhail ionadail agus le Com-pàirteachasan Còmh-dhail Roinneil gus riaghailtean agus stiùireadh a dheasachadh gus taic a chumail ri cur an gnìomh an Achd.

Leas-phàipear A – Prìomh thaisbeanairean

Prìomhachas	Buill	Taisbeanairean
A' brosnachadh co-ionannachd	Bidh air prìs a tha reusanta dhan a h-uile duine	1. Na thathar a' cosg air còmhdhail agus carbadan an coimeas ri teachd a-steach 2. Slat-tomhais airson bochdainn còmhdhail - ri daingneachadh
	Bidh e furasta cleachdadh airson na h-uile	3. Cuibhrinn nam modhannan còmhdhail - fòcas air gnè, teachd a-steach, cruinn eòlas, aois, agus inbhe a thaobh ciorraim
	Bheir e cothrom cothromach dhuinn air na seirbheisean air a bheil sinn feumach	4. Ruigsinneachd nam prìomh sheirbheisean
Gnìomh mun ghnàth-shìde	Bidh e a' freagarrachadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde	5. Co-rèir nan càraichean is bhanaichean peatrail, dìosail agus dealanach a tha gan clàradh
	Cuidichidh e sinn gus an targaid net-zero a coileanadh	6. A' cleachdadh modhan-siubhail seasmhach/a' gluasad gu modhan-siubhail seasmhach
	Brosnaichidh e roghainnean nas uaine is nas glaine	7. Ìrean coiseachd agus rothaireachd airson tursan goirid làitheil
Cuidichidh e an eaconomaidh againn gus soirbheachadh	Bheir e sinn do na h-àiteachan far am feum sinn a bhith	8. Ceangailte ri cothroman obrach agus prìomh sheirbheisean 9. A' gluasad bathar
	Bidh e earbsach, èifeachdach agus aig àrd-ìre	10. Riarachas le còmhdhail phoblach 11. Slatan-tomhais Coileanaidh airson modhan còmhdhail phoblach
	Cleachdaidh e tionnsgalachd a bheir deagh bhuidh	12. Taisbeanair gu bhith air a chruthachadh
Tha e a' cur ris an t-slàinte is an t-sunnd againn	Bidh e sàbhailte is tèarainte do na h-uile	13. Leòntan/bàsan agus tubaistean còmhdhail 14. Slat-tomhais airson càileachd adhair
	Bheir e cothrom dhuinn roghainnean siubhail fallain a dhèanamh	15. Bun-structar coiseachd agus rothaireachd air leth bho rathaidean ann
	Cuidichidh e na coimhearsnachdan againn gus a bhith nan deagh àiteachan airson fuireach annta	16. Ìrean coiseachd

Leas-phàipear B – Sgrìobhainnean taice

Tha sreath de sgrìobhainnean taice rim faighinn

Bileag gearr-cunntais air Ro-innleachd Nàiseanta na Còmh-dhail 2
Foirm freagairt co-chomhairle
Aithisg Àrainneachdail Ro-innleachdail (a' gabhail a-steach Gearr-chunntas Neo-theignigeach)
Clàr de Mheasaidhean Buaidh air Co-ionannachd
Toraidhean nam Measaidhean Buaidh air Co-ionannachd
Measadh Buaidh air Còraichean agus Leas Chloinne
Geàrr-chunntas Dleistanais Alba nas Cothromaiche
Measadh air Coimhearsnachdan Eileanach
Measadh Poileasaidh - Aithisg Teicnigeach
Aithisg Pannal nan Saoranach
Aithisg Young Scot
Aithisg Age Scotland
Planadh Shuidheachaidhean - Aithisg Leasachadh Pròiseas
Transport Governance – Taking Better Decisions Relating to our Transport Network
National Transport Strategy Review: Review of 2006 National Transport Strategy indicators
National Transport Strategy Early Engagement Consultation Survey – Analysis of Responses to the Public Consultation Exercise
Gairm fianais: Summary Report – January 2018 – Research and Evidence Working Group – National Transport Strategy Review

Còmhdhail Alba, Taigh Bhocannan, Taigh Bhocannan,
58 Rathad Port Dundas, Glaschu G4 0HF
0141 272 7100
NTSReview@transport.gov.scot
www.transport.gov.scot

ISBN: 978-1-911582-77-9

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2019

Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is clò mòr agus ann an cànanan coimhearsnachd.

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais. Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil an còir-lethbhreac sin.

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn / foillseachadh seo a chur thugainn aig
NTSReview@transport.gov.scot

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba cuideachadh aig:
<http://www.transport.gov.scot>